





Digitized by the Internet Archive  
in 2013

# SEARMOIN DO MHNAI'

CHUAIDH A SGRIOBHADH ANN SA  
BHLIADHNA 1795.

---

LE D. CRAUFORD, Min<sup>t</sup>.  
'S Fear-cuidich Minisdeir Chille-moire ann an Arrain.

---

---


"IN VIRTUTE DECUS."

---

ANN AN SUBHAILCEAN THA MAIS.

---

Air na cuir chum dealbh leubhaidh le SEUMAS  
GILLIES, Fear-reic.  
Leabhairchean ann Glas-gho, 1795.



*Focal no dha do luchd amhairc.*

**M**A tha ni fa bith ann is an t searmoin so, airidh air toirt fa'near, cha'n eagal nach faic an luchd leabhaidh iad fein e luath gu leor, is mar bheil, cha bhiodh ann mo mholadh-sa air a chuid is fearr ach bun-char fochaid. Coigreich cha ghabh iad mo bhriathra'sa mar fhirinn iomlan, no mar riaghailt cheart freagarrach do 'm barail fein. Bha mi aig amhairc mu'm thimchioll air son urra ainmeil ; te eigin a dheanamh a h ainm cliutach air a lughad dion a thoirt do 'm oirp neo' fho'lumte, agus lainneir thaitneach a sgaileadh air gach laimh ; smuainteich mi 'ris nach lughaid gu 'n abradh luchd fanoid nach robh tuillidh dreach na cuideachd ach an t ainm fo'ain-teach a bha na toiseach, leis a sin chuir mi romham mar robh ri teachd am cho'ail ach mi-chliu an lorg mo shaothair, gu b' fhearr leam fein fhu'lang, no idir taigrse a roinn ri neach a bha neo' chiontach, is nach robh air mhodh fa bith ga thoilltin ; feadaidh e bith gu 'n abair feodhain eile ; " is ioma fear gaelic snasmhor aig am bheil uirigiol fionalta, cainnt dheas, agus conaltradh, sgiolta tha gu mor na's iomchuidhe air son a leithid so na tha thusa :" ris an t seorse so cha'n abair mi gu bheil iad mi-mho'eil na mearrachdach, aontaichidh mi leo anns an fhirinn, oir tha chuis gun amh'rus mar sin : Gé do tha i air an doigh so, cha'n e, iadsan is mo tuigse

agus ionnsachadh, is luaithe gu cronacha ; oir tha suairceas daonnan ceangulte ri inmhé ann an eolas, agus ann an cumántas is iad an dream is lugha tuigse is mo' gheibh do dh' fhaillinnibh agus is deidheile air a thoir. Isé thá aig miannacha' bhi smach-dail ann an subhailce, is grinneas giulain cha 'n 'eil mise aig saoiltin gur droch sheola dhi' idir an t searmoin so ; is ma gheibh an te ghlic, choir, treis agus cuideacha ann an samhlacha' fa bith le 'm oirp, cha 'n anfhairc mi air mo shaóthair ann an diomh-anas, no nio phaidheadh bhi do chuineadh gun eifeachd. A bhéan chéillidh, gheánmuidh a thoirt chum sealla measail, anns gach aite an taisbein i h eudan, chum feodhain eile bhrofhnacha' gu gluasachd na slighe, is a h-eisampleir a leanmhui'n ; is to-gra glan so cia fa bith mar bhios an t saothair air na criochnachadh, sé so an run a dhuisg m' aigne san am ; agus gún amh'rus si-mò ghuidhe dhurachdach i bhi air na fagail torach le beannacha' Dhia.

An apology is necessary for the following dedication; as I mentioned in the preface, it was not intended, being not personally acquainted with the amiable character I have chosen for my patroness, when this sermon was composed. But all, who have the pleasure to know her, will applaud my taste, and say, my choice was judiciously directed.

*Do Bhaintighearna na Cour ann an Ceantire.*

**N**UAIR a sgriobh mi an t searmoin so  
dh' fheadain iomradh a chluintin ai  
ar 'n ainm ach cha robh m' eolas aig dol n  
is faide; o chionn beagan miosan, le m  
shuillean is le mo chluasan fein chuala i  
chunnaic mi comhara ni bu leor air fional  
tachd ar dealbh, uime sin le m' uille chridh  
thionndaigh mi mo shealladh oirbhse ma  
aon a tha do rireadh ann an feilbh air subh  
ailcean neo-chumanta, agus mar bhun'cha  
dion do 'm oirp neo-fho'lumte: cha 'n ani  
amhain o 'n fhine mheasail, ainmeil o 'n d'  
thainig sibh fein, no an teaghlaach suairc ri  
am bheil sibh ceanguite, ach air son inmh  
is mo na iad so a roghnuich mi sibh, air soi  
foilleirachd inntin nach 'eil a leithid daonn  
an ra fhaicsin; snasmhorachd tuigse neo  
chumanta, is air son ar deagh bheusan: Ch  
'n ann o 'm bharail fein amhain a tha balla ai  
cliu air na thogail, na tha mi gu h iomlai  
aig labhairt, ach o mhola' is deagh iomr:  
Ministeir air sgireachd fein, agus o shao  
aontacha' na 'n uile do 'n aithne sibh; G  
do bhiodh an t iomlan do asdar ar beath:  
air a leabhadh, 's i mo bharail gun amh'ru  
nach duisgeadh cuid no fosgla' do 'n rann  
sacha' trioblaid 'n ar brollach no náire 'n a  
gruaidh- Am maitheas cridhe anns an robl  
sibh daonnaan co beartach tha dochus agam gu  
bi' cuid dheth air a roinn riumsa cuideachd

gus sin le fealtuin seachad air dio-bhail m'-  
 olas ma is dio eolais ē ann ar 'n ainm a  
 hur suas mar thearman do mo shaothair  
 nmhan, gun urrad is air cead idhruidh na  
 haotain. Gu meal sibh fein, is ar compan-  
 ch, solas gun choimeasg fa bith do amh'ar  
 agus feilbh shaibhir air sonas fiorruidh si fo  
 guidhe dhurachdach ar feirbheiseach umhal,

D. CRAUFORD.

as fiodh-oibhis Léobharáidh agus  
an rathúil is níos ór aibhíodh a ghearr  
aithíodh gan an gcomhradh roinnt aon  
an dhuineadh báis ag báireach agus  
maghaois si an t-áth idir Baile Átha Cliath  
taobh lár ob daidil il gheannlógo níos arán  
et. Is déanach é sin níos fidelitach idhleas ainsí  
de bharr dhomhaisidh is doibh, níos odhain.

ANNE AND D. G.



*Leabhar focail ghlic Sholaimh.*

*Caib. xiv. 1.*

**B**EAN ghlic togaidh i a tigh, ach an amid bu mhiann le mhilleadh le na laimh-aibh.

Se dleasdanas fir theagaisg beachd a ghabhail air giulan gach seorsa, air mnaibh air uairbh co maith ri fir, diomhaireachd a chridhe a thoirt fanear, 'sa rannsachadh le cuid do churam chum 's gu biodh ē comásach air a leughadh a thaísbeanadh ann an dathanan iomchuidh fein. Cad nach 'eil mo thugse no 'm eolas freagarach do 'n ghniomh dheacaire, oir gu cinnteach tha duilleagan folachaidh a chridhe cruaidh ran tuigfin, tha barrachd foghlum 'sa chuaidh luidheasachadh ormfa ro fheumail chum am brigh chuir ann an sealladh taitneach, 's chum buannachd an luchd eisdeachd, cad nach tig m'oírp air mhodh sa bith air aghaidh le neart mo rúin 'n uair a tha mi aig taigrse subhailce a thoirt chum seallidh, no fhoillseachaidh na sgeudachadh fionalta fein; agus dubhailce a rugadh da foill, le na leigin fhaicfin ann a dealbh diblidh, fuidh mhithlachd 's mi mhaise; uallach faraichte ra ghiulan, gidh-

eadh tha mo thogradh aig innseadh, nam biodh mo shoilleirachd na b' iomlainn no mo pheann ni's snasmhoire gu'm biodh iad ullamh chum mo thoil fhoilseachadh leis an umhlachd cheudna.

Bean ghlic togaidh i tigh, tha na briathra so co maifeach anna fein, air na 'n cean-gal co dreachail ra cheile as gu n' ann a dheanamh eidirdheallachadh fa 'm bith am maife lughdachadh, ann an aite cur fa 'm fiontaghd. Bhidh searmonachadh air mnaibh tha ra rireadh na 'n creideas do 'n aidmheil, na 'n aobhar gairdeachais aig an duiche, cairdean, 's luchd eolas, air son an deadh ghiulan 's fonnmhuireachd am beathaiddh, ca do tha a leithid so a chleachduin a nis na ni nuadh ma rannasachas sinn na sgriobhtairean le bheag idir do thairt fanear, cha d' theid sinn fada air bhur 'naghaidh nuair a chi sinn coduchagh gu leor 's bunnachar air son teagaifg mar so : amhaircibh air an Litir chum na Romhanaich, caib. xvi. i. Molam dhuibh, Phebe air Piuthair, neach tha na searbhanta do'n Eaglais ta ann an Cenchrea, chum 's gu gabhadh sibh ria fan Tighearna mar 's cubhaidd do naoimh, 's gu deanadh sibh cuideachadh le ann 's gach gnothach sonnruighe 's am biodh feum aice air bhur toirt fanear, oir rinn i fein cuideachadh le moran, agus leam fa fos, cuiribh failt air Persis noch 's ionmhuin leamsa ra rireadh oir shaothridh i gu ro mhor ana nithe cliutach. Lucas caib. ~~xvii.~~ 30. Na biodh gealtachd ortsa a

Mhaire, oir fhuair thu caoimhneas maille ri Dia, Dh'ainmifich mi na nithe so a leigeadh fhaicfin a meas a bha air mnaibh, ban-noil ciuin, meaffara, sonmhior, ann an suidh-eachadh nan sgriobtairean ; agus cha 'n ann an sin amhain ach mar an gceudna an 's gach ionad, Duiche, no cearna do dhuiche, far am bheil an seorsa, saoidheil urramach ra fhaicfin, cha 'n eil cusboir fa chruitheachd a theid air thoiseachd, no ra shamhlachadh ri bean mhoghar, cheann-suighe, riaghailteach dhiadhaidh, tha i gun amh'rus ann am meas aig Dia, ann an tlachd aig daoine, na honoir da creideamh, na cliu da h'ainm, na huall da cairdean 's na deadh eisimpleir fa choimhearsnachd matim-choill.

A Bhean ghlic togaidh i Tigh. Ma 'n toisich i air gnothach fa 'm bith son-nruighe, no cudthromach, gluaifidh i air bunnachar cinnteach sabhailte, cha toir i ceum, no leum, bairigh, no amidach, cha chuir i laimh gu hobain ri gniomh gun fult amhaircidh i thall 'sa bhos, roimpa 's na deigh smuainteachaidh i car tumuill barrachd 'sa labhrus i, le foighidin, ciuineas 's tuigse, ceasnachaidh i brigh, 's buannachd gach rioch thig an sealladh le toirt fanear 's cnuasachd; feuchaidh i cia na subhailcean tha na'n cuideachd, co dhiu 's moth a do threimh-dhireas, no sgail bhreige ann an ceangul riu ; 'm am fregair i an canmhuin, ma'n eisd, i an guth; no ma 'n sinuaintigh i gluafachd na

'n cuideachd, ann an sin, nuair a chi i le  
 rannsachadh ann's gach sealladh agus fos-  
 gladh, gu bheil a sonnas fein foilleir gu  
 leoир ra leughadh, ann 's ghniomh a tha na  
 rùn, cha bhi moil utra ni's faide, no cun-  
 art aig dusgadh gealtachd, tha lan thoil  
 a cridhe lē, tha togradh gu huillidh beo,  
 cha nē 'mhain chum toiseachadh air a  
 chusboir tha aig beathachadh a miann, ach  
 mar an gceudn' a chuir crioch aluinn : thait-  
 neach ait a ghnothach ainmeil a tha i gabh-  
 ail ann an laimh, tha breathnacha na mna  
 glic so airigh air toirt fanear, tha i gu fol-  
 achaidh aig reusonachadh tia fein mu 'm  
 bheil i aig foillseachadh a togra do neach  
 sam bith, toiseachduin air ni nach eil  
 daith-oil cha 'n 'eil a lithid so a ghniomh  
 aig brath ach intin bhairigh, a tha daonan  
 air na leanmhuin le ach'asan daor ; innt-  
 readh air gniomh nach eil mo storas, no  
 mo Thuigse iomuchudh air shon, cha 'n 'eil  
 ann ach leth obair a bhios air na f hagail  
 mar chomhartha foilleir air amideachd, 's na  
 bhunchar fanoid do luchd an rathaid ; ach  
 a bhean gblic so charruich i amharus gach  
 eunart air falbh, ma 'n dfhuair aon neach  
 sgeul no fios a h oirp, chauidh i steach gu  
 huaigneach na seomar, dh'fheuch i air thus  
 an tsuim a chosdadh an tiomlan, ma 'n do  
 labhair i ri luchd oibre, ma 'n do cheannuich  
 i ni sa bith no ma 'n do leag i am bunchar,  
 chunt i rift a cuid airgid fein, bha 'n ceum  
 so tearuinte, theich an sin gach doille 's

ealtachd le deithfir air falbh, chunnaic  
 gu raibh pailteas aice chum a h obair  
 ghiulan air aghaidh gun mhoran moill,  
 thoisich i leis an tuigse, bha 'n gniomh na  
 ealladh gu foilleir aig lorgaireachd, bha  
 firinneach, furachair, faicileach, bunai-  
 teach na gnothach; cusboirean faoin  
 di-measoil, cha do għreimich air a h inntin,  
 cha d' intir i leo ann an connadal, 's cha d'  
 aom ann's an tomhas 's lugha 'h aigne on  
 a chuis churamach, gus an d' thug i an  
 t iomlan gu crioch onorach; 'n uair a chun-  
 naic i gu robh an dealbh taitneach, cha  
 do cheil i an sin a rūn, gun dail bha 'm  
 fod-seilbh gu 'h eallamh foilleir air na chom-  
 haracha; an cruth gu daithoil, freagrarach  
 ra fhaicsin, 's am bunchar air a leagail le  
 gliocas, bha aon phonc airighte an sin air  
 na bhuidhin, thoisich an obair le coslas maith,  
 leis sin cha robh soirbheachadh agoil air  
 mhodh fa bith, a bhean cheillidh so cha do  
 stād a faothair uile leis so bha i fein air  
 uairibh aig toirt suil fhurachair air an  
 obair, curamach chum na clachan 's am fiadh  
 a bhi reir a cheile reidh fionalta don 'n  
 àon seorta. Faic a bhean ghlic so aig teachd  
 gu laitheil a dh' fheuchain a luchd oibre,  
 cluinniġh a briathra suairce, oir tha i gu  
 tric ga 'n cur air am mothacha le earrai  
 laidir gun failneachadh fa bith bhi na 'n  
 faothair, aig innseadh dhoibh iad a thoirt  
 an aire do bhrigh gun robh obair gach neach  
 ra dh'fheuchain gu mionaidach, agus gu cin-

nteach ra dearbhadh, ma 'm faigh aon do an luchd oibhre an tuarasdal ; fhuair iad fios air an cùnart ann an am, chum 's nach biodh cuis mhonbhair arist aig aon neach, chual 's chunnaic iad gu foilleir na nithe ris an robh iad ri earbsa, leis sin ghabhadh an tiomlan dhiubh aig an robh duil ri luigh-eachd, mothacha 's curam, nach biodh failleachadh sa bith na 'n saothair, cha bu ghiomh air eigin a bha 'n fo idir, bha dath gach foill, ubraid, 's buairidh air na am fogar on togail, treimhdhireas agus reite ga 'n giulan air aghaidh o thoifeachd gu deiradh ; ann an sin tha 'n luchd oibre a faotin an tuarasdail le meas, nuair tha an saothair air na dearbha fa fionaltachd foilleir ra fhaicsin, anois feadaidh sin innseadh co ris an cosmhuil an te so, co ach risean ann 's na sgriobtairean a thog a thigh, chlaidhaich gu domhain ma thiomchioll, fa leag gu seolta tearuinte am bunchar air a charruig, le cladairt 's driuch dhat 's bhruchd na huisgeachan, dh'amhairc na neoil ann an a trusgan gruam-ach, on ciurineachadh dubhlidh bhrist a ghaoth laidir ma 'n sgaoil le srian gun riaghait bhuaile an stoirm le cloidheamh taruingte, ma 'n g'uairt gun iochd no samhlachuidh trocair, ach bha an oirp dhioghaltach gu h iomlan an diomhanas, chuaidh am bunchar a leagail le saothair 's faicill 's cha ne sin amhain, ach bha chuid eile do 'n togail da reir, uime sin sheas i gu daingean bunailteach

un chrathadh gun aomadh ; measarrachd, seimhdhireas 's foighidin 's litir mholaidh ionruighe na subhailcean so, 's comhartha billeir iad air cridhe maith, air inntinn hlan fhoirfidh, 's iad fior bhunchar a hreideamh chriosduidh, 's iad na clachan, 's am fiadh bheir snasmhorachd 's mais o'n togail cha ne 'mhain gu bheil iad a rireadh feimoil bhi aig oirpeachadh an ur an geill gu laitheil ann 's gach am agus aite ach mar an ceudna fuilghnidh iad eugadh gun ghiorrág, seallidh iad anns' ach rannsachadh 's eolas le gnuis shuilbhair, le sgeudachadh ainmeil cliuteach nach aith air falbh, le bliadhna no dha, ach mhaireas ann an inmhe feadh laithean a beatha. An tigh a tha air na Thogail eis na buaidhean oirdheirce so, feedar a adh gun amh'rus gu bheil e air na chur a cheile le tuigse, air na dhaingneachadh e gliocas. Se Criosta cloch chinn na h-eisín ann an togal na 'n sgriobtairean 's iona ise agus fin gu siorruidh tha a 'h earbsa air bhunchar so; oir cha 'n fhailnígh, 's cha 'n aom é ann an la na deuchain, cha 'n'eil fianuis fa bith co iomlan, a dh' fhoillseachadh mais gniomh-raibh neo chaimanta cosmuill ris na deagh bhuaidhean, i tha na 'n cuideachd ; 's luchd friothalamh firinneach iad, nach faighear a dhiteadh, no thilgean fios le reusonachadh, fa bith mearachdach, gradh, firinn 's foighdin, 's iadh so na suibhailcean a tha toirt ûrram d'

on togail, leis am bheil i air na ceangal ra cheile, air a roghnachadh, 's air a dearbhadh.

Bha Criosta agus Eaglais mar aon chorp, bha i na teampuill, coisreagte dhafan, le fior chordadh 's lan saor thoill dh'aidmhich e i mar bhunchar ionlan fionalta a thlachd gun cheilg; mar tha e air na fhoillseachadh araon leis na Faidhean, 's na h Abstoil dh'fhulling e cuid a sharuchadh chum is e a chrunadh le coran graidh, 's le trocain chaoimh, chum a h inmhe fhoillseachadh, 's cliu mheudachadh; bha i gu cumanta na chuimhne, maiseach na shealladh, mar litir sgroibhte na bhrollach, air na, faicfin 's air na leughadh leis na h uile dhaoine, cha b' e an ceangal so idir am bunchar a chauidh leagail air a ghaineamh, a chaill a mheas ann an cladairt na stoirm; bha cliu an luchd oibre ann so air na fhoillseachadh leis an ionlaineachd a bha foilleir ra fhaicfin; cha do chaill i dreach le ceasnachadh, thanig an gniomh, 's an tam, o dhorchadas gu solus, ann 's an d'fhuair an creideamh fior fallain beatha, agus freumhachadh; oir gach meadhon adhridh, thanig a riamh air thoiseachd air a chreideamh chriosduigh, bha neo-ionlanachd no mithlachd eigin ga 'n leanmhuin bha aig tarruing minhais mhór na 'n deigh, ach fa dheiradh dh'eirigh grian na firinn ann ann mach-air, no cumhachd na 'n sgriobtairean, agus sin le mais foilleir 's neart do, dhiultadh; a bhi uair fa bith aig smua-

inteachadh obair a dhaindeoin a' chuir air  
 aghaidh, cha'n eil ann air a chuid 's fear ach  
 oirp bhairigh, tha gu foilleir aig brath aineo-  
 las air an tsaoghal 's air gne chinne daoine,  
 oir an riaghail no 'n rùn nach faigh thu bhu-  
 idhin le faor thoil, cha bidh i tlachdmhor no  
 cinnteach, cha 'n 'e 'mhain gu 'm bi an gni-  
 omh gun dreach a thoisearchar air le anchoth-  
 rom, ach cha bhi earbsa annsa bhunchar  
 do bhriogh nach 'eil treimhdhireas a cur  
 a lamh amach, aig togail a guth no feol-  
 amh chum cuideachadh, ach annsa cho-  
 chomun bha 'n fo bha cruth gach aimh-  
 reite, coslas cunart 's buaitidh air na 'n  
 giulan o 'n eolas, air na am fogairt o  
 shealladh, ann an fo dh'amhairc firinn  
 dhealrach le misneach na gnuis, bhrist i gu  
 min o cheile neoil ghruamach neo aoibh-  
 neach an dorchadais, na h oidhch' agus an  
 aineolas, bha 'n la aig teachd a steach le  
 ciuineas 's urram, ubraid air na glacail le  
 easlainte, aig call a luth fa treis 'fa sgail  
 bhreige gu trom air na sgeudachadh le  
 geasragan faon, aig teichidh gu grad air  
 falbh le naire agus dimeas; gu 'n robh  
 an tiomlan do gluasachd a mhic taitneach  
 le ATHAIR tha fo foilleir gu leor ra leubhadh?  
 Ann bheile na neoile aig sgaoileadh o cheile?  
 " An bheil an spiorad aig teachd anuas airfan  
 " an riochd colmain air na leanmhuin leis a  
 " ghuth cheolmhор! se fo mo mhac gradhach  
 " ann's am bheil mo mhор thoil. Amhui mat  
 bha gradh an ATHAIR," da mhac, bha speis

Chríosd' da Eaglais, cha bi sheirc idir ginealach na foill, dealbh \* obain maimine no dha, no comhairla luchd eolais, ach cruth fionalta air na ghairm gu bith le ughdarras an ATHAR air a bhuanachadh le na bheannachadh, agus sin co fallain 's gu robh gach neach air an iompachadh, ach ainhain an fheodhain a chur rompa nach carrachadh mirbh-uile fa bith an neo-chreideamh, nach biodh iad air am maothchadh na air 'a 'n 'aomadh le dealbh air bith cia taitneach na oirdheirc, ach iad fan uile leis nach dimeasoil bhi ga 'm faicsin fuidh na bhratuich, ga aidmheachadh no ga leanmhuin, a ghabhas gu cridheil pairt threimh dhireach le teachdaire na firinn cha chomhnuidh iad so ann am bron no neo-sholas, cha nan air bunchar gluganach tha 'n sonas air na thogal, 's ni mo chaitheas e air falbh gu neo-nile na chleachduin. " Tha beartead agus onoir bhuan ana tigh an fhireain, ach ann an teachd a steach na 'n ciontaich tha moran buaireadh agus trioblaid :" Tha Dia gu cinnteach fada uathsan a chlaonas le 'saobh chreideamh, thionndas cul an cinn le tailceas air aitheanta fa ni lōng bhriste do 'n coinseas ; ach guth a chridhe ghlan cluinnidh ē gu h eallamh, 's tha shlainte, fa shoirbh-eachadh, daonan, aig laimh le beannachadh.

'Se Chríosd' an Dorus leis am faigh iad-fan a leannas ris ra rireadh, 's bhios air an roghnachadh leis seilbh air sonas siorruidh. 'Se an spiorad naomha am fear

\* Obain no obuin.

treoiruigh aig am bheil cumhachd, buaidh,  
 's faoirse na chuideachd : 'S eisean a sgaoileas  
 air falbh gu h' eifhachdach ceō gach  
 doille 's dorchadair 's mar an ceudn' a dh'  
 fhosglas cluas na h eisdeachd, a dh'  
 fhuasglas glais an tosd on bheul ; aig  
 foghlum na h inntin chum roghnachadh,  
 's na teanga chum labhairt ; cia feumail  
 do gach neach amhairec gu tric 's le curam ?  
 co an casan anns 'am bheil e aig gluasachd ;  
 cha 'n urra cridhe sa bith bhi nā  
 ionad comhnuidh aig treimhdhireas, agus  
 ann fan am cheudna aig beathachadh, no  
 aig altrum foill, subhailce agus dubhailce,  
 cha chomhnuidh iad ann an creideas le  
 cheile, 's ni mo bhios ceangal seirceil,  
 caomh, no buan gu brath ea-torra ; ciuineas  
 's stribh tha iad daonan nan coigrich, 's ni mo  
 a gheibhear iad aig cinneachduin araon  
 ann fan aon bhrollach, cha 'n ionnan  
 slighe ghabhar gu du'ich cairdeis agus  
 aimhreite ; cha 'n i an aon ghrian a tha  
 aig riaghachadh an cursa, no aig toirt  
 dealbh d' an toradh, tha clann Dhia gu h  
 soilleir air am faicsin leis na fia'nuissean  
 tha na 'n cuideachd, agus gu h eallamh  
 air an aithneachadh le storas inmhach  
 an cridheachan, oir an gliocas 's an tuigse  
 tha Dia ga thoirt dhuinn tha iad ciuin  
 siothchainteach, lan do dheagh bhuaidhean  
 uime sin iadsan uile tha aig rūnachadh  
 le treimhdhireas bhi na 'n onoir da 'n  
 creideamh, 's na 'n luchd compairtich do

chairdeas Dhia ; ni iad dichill chum an oighreachd bhi do 'n t seorse chinnteach, nach faighear a reic a mhalairt no lughdachadh, le milleadh iomairt fa bith ; iadsan tha an feilbh air na subhailcean sonnruigte so, tha cliu agus meas aig leanmhuin ann co'chomun cha chromadh cinn an cuideachd, cha 'n 'eil an ceum cuntartach no dimeas-oil ra ghuasachd, cha duisg an comhairl' smuainte chraiteach thriom' an tuchd, 's cha 'n at na deoir ann do shuile uair fa bith le 'n feola thabhairt fanear.

Dh' fhosgail Criofd' a chridhe 'sa run gu h iomlan do fhior ghradh, an fhirinn gun cheilg 's an t feirc gun a leithid, leis an d'tainig am fior chreideamh gu h eifhachdach chum solus, cha 'n atharuich na buaidhean grasmhor leis an robh e air a dhearbhadh, agus sin le co' aontachadh 's aidmheil an luchd amhairc, an trusgan a dh' oidhche, no la, ni mo thionndas iad an cruth no n onoir le fuaim guth gach buaireadh ; uime sin a bhean chriona chiuin tha aig miannuchadh greim a chumail do 'n tsaoirfe, leis an do cheannuich Criofd, dhith saoirfe, 'se a run gun bhi tuille aii na cuibhreachudh le cuing na daoirfe ; si canmhuin a beatha fa giulain gu laitheil 'n tra bha mi mo leanabh labhair & ghuais 'mi reir blath mo bhliadhnidh, ach an uai 'a ruig mi foirfeachd na mna thilg mi aii 'falbh nithe leanbuidh, agus anois fe mc 'run bhi cinnteach, seasmhach am aidmheil.

Anns an dara Litir dhionsuidh na n Cor.  
 Caib. xi. 2. Bheir sin fanear beagan do  
 bhriathribh an abstoil ann am mais fein  
 phos mi thu ri aon fhear chum's gu tais-  
 beanain thu mar mhaighdein għlan  
 għeamnuidh do Chriosd." Tiodhlaca  
 suarach a thairgse do urra ainmeil cha 'n  
 eil ann an fo ach coslas foilleur air dimeas,  
 bha 'n tiomlan do chaithe beatha Chriosda  
 air na chomħaracha co mor le neo-chionta,  
 le grinneas, beusan, le glainnid inntin, 's  
 gach meangħan sonnruigħte eile do fhubh-  
 nailce, oir bha uile ghniomħara do sheorsa  
 tagħtie anns gach riochd 's fosgl: a chon-  
 altradħ co taitneach air na sgioladh do gach  
 samħlacha truailleachd agus sin co iomlan  
 is nach robh feum air tuillidh fianuisean a  
 dh'inseadħ co, ē, no 'n gniomħ air an d' thain-  
 īg ē. Għabb uile bhuaidhean fligħe co neo-  
 chumanta (cruaidh ra 'faotin do mhoran,  
 's air bheagan tathaigh le tuillidh fa choir  
 do luchd aidmheil fein) leis sin cha 'n eil  
 e ach reufonta ra smuainteacha ife bha  
 ra phosaidh gu robh ē gun amh'r us iom-  
 chuidh għidha deagh chliu 's onoir air  
 a lughad a bhi air a taoibh, agus ann  
 tiomlan da beatha bhi sgeudaichte le  
 fuairceas 's a reir righail na firinn: Cha  
 'n 'eil sin ri breathnacha gu 'n e modh  
 no 'n toilein - bhiodh an faogħal sugħi  
 aig amħairc <sup>an</sup> a shon anns a mhaighd-  
 ein roghnaichte bhiodh iad aig taisbean-  
 adh do ghaisgeach an Du'cha. Cha bhiodh

an t aon seol foghlum freagarrach do reu-  
 sonacha fallain, no ceart ra leanmhuin ;  
 bha e ro iomchuidh a h inntin, a giulan  
 's a \* blas, bhi' air an oibhreacha gu  
 dreachoil 's air na n snafadadh gu cur-  
 amach a reir a ghrinneis a bha ra fhaic-  
 fin anns an neach air son an deachaidh  
 'roghnacha ; ife bha ra ceanguil ri Criod a  
 cha 'n eil sin ri saoiltin gu robh e idir  
 feimeil i bhi' air na togail suas ann am  
 foghlum. Cuirt : gnathacha gach Riogh-  
 achd, no ri asdar a dheanamh dh' fhaicfin  
 moran do 'n t faoghal, ach gu h iomlan iom-  
 chuidh i bhi' eolach air maitheas cridhe fior  
 mhais shubhailce, maille ri tlachd do 'n  
 fhirinn. Thug an t ATHAIR cumhachd do  
 'n mhac bhi' na cheann air Eaglais, uime sin  
 bha e' dleasdanach ife bhi' ceanguilt, risean  
 chum an t iomlan do 'n obair bhi freagar-  
 rach daithoil. Anna foilseachadh a mais ;  
 measg gach cosinhalachd fionalta chum a  
 buaidhean 'sa sgeimh a thaisbeanadh ;  
 tha i air na samhlacha ri Cathair 's ri  
 Tigh dhia (uime sin treimhdhireas, ciuin-  
 eas, 's tuigfe, a tha ann an aon  
 fhocal na 'm fianuisean oirdheirc agus  
 na 'n \* codach foilleir air cridhe glan) 's  
 iad mar an ceudn' fior mhais a chreid-  
 eamh Chriosuidh. 'S clachan 's fiadh  
 taghta feimeil iad, iomchuidh air son togail  
 fa bith ; cha 'n ē 'mhain gu fulaing iad

\* Blas no togradh. † Codach no comh' dachuidh.

amharc orra gun diteadh ach mairidh  
 iad buan gu'n chaithe le snasmhorachd  
 dhreachail nach dean aimsfir a chlaoideh  
 no mhilleadh. Cha 'n fhaigh thu an  
 do sheilbh ni fa bith neo-chumanta ann fa  
 bheatha so fein, as eugmhais beagan fao-  
 thair, ma tha nithe aimsfireil tha neo-chinn-  
 teach agus buailteach dò iomad tubaist, aig  
 gairm gu latheil air aire agus curam, cia  
 mor nis iomlaine 'dhuisgeas na nithe tha ri  
 maireachdain gu fiorruidh; aigne na mna  
 choir shaoidheil air an toir? Chum a  
 creideamh a leagail air carruig dhaing-  
 ean na firinn, gheibh bean na ceille co-  
 f hurtachd 's cuidheachadh ni's leoirt anns  
 na sgriobtairean, chum a fagail cinnteach  
 gun leisgeal ann am bunchar a dochuis:  
 mar chithear gu solleir annsa, Litir dhion-  
 nfuidh na 'n Cor. caib. 3. 10 rann. "oir  
 "cha 'n fhaighear tuillidh aon bhunchar  
 "eile a leagail ach fin a chuaidh cheanna  
 dhaingneachadh, se Criod' am fior bhun-  
 char, agus ma thogas aon neach air or,  
 airgoid, clocha riomhach, fiadh, feur, na  
 cuinlein, biadh obair an iomlan air na  
 deanamh folleir, oir taisbeinidh deuch-  
 ain agus dearbadh saothair gach neach,  
 oir theid fhoillseachadh le teinne, tais-  
 beinidh so cia an seorse tha innte; iadsan  
 a chomhnuichead an obair 's nach bi'dh na  
 h aobhar di-meas do 'n bhunchar gheibh  
 iad an cliu, 's an tuarasdal, agus theid an  
 ainm a chumail beo air chuimhne le urram

agus speis; ach mu dh' f'hailneachas an obair mu tha car fiar iogan, mearrachd nc neo cheangal innte, muigh no stigh air mhodh 's nach comhnuich i air a bhunchar gun diteadh, mu bhitheas i na mi-mhais do 'n chuid eile, fin a tha neo iomlan tha e ra thilgin fios, 's caillidh iad luach an saothair; mar 'n ceudn' tha é ro ion chuidh bhi gu tric aig ceafnachadh asdar na beatha, aig leubhadh gach fosgladh le faicill 's toirt fanear, agus far am bheil samhlachadh di-measoil fa bith ra fhaicsin, tha 'n ann aimhréite ris a chuid bheufach riaghailteach do 'n giulan cha 'n e 'mhain gu bheil e gun dail ra dhiteadh, gun mhoill ra thilgidh a sealladh, gun tuillidh daimh a tha isbeineadh ri bheag do 'n t seorse, ach tha gach cusboir †agoil ra 'n dearbhadh, ma 'n eisd fibh tuillidh ra n guth no ma 'n taирг fibh falbh na 'n cuideachd; cha 'n eil fios aig an iomlan air an t solas tha cean-gailte ri †ogail shnasimhor na beatha; sub-hailce agus measarrachd, air an giulan air aghaidh le mais reir ughdasras, onoir, 's deadh thuigse air reusoin, tha 'n asdar dao-nan aig criochnachadh ann an sonas: tha m fear amhairc aig earralachadh gach coslas foil a sheachnad, a chuid mheadhonach 's uachdair a bhi' reir a bhunchair, seadh gu 'm bi' gnathachadh 's gluasachd gach neach, dh'aon seorse, taitneach, measail.

† Agoil no amh'rufach.

Tha fionaltachd beatha na bean thuigseach,  
 mheasfarr, stuama maille ri fallaineachd a  
 creideamh, air na shamalachadh ri or, air-  
 giod, 's clocha buadhoil, leis an robh aite  
 comhnuidh air Dia air na thogail mar chi  
 sibh gu folleir anns, an 21 caib. do leabhar  
 an fhoilseachuidh ma 'n coinne fo tha feur  
 cuinnlein 's drabhag nach feas deuchain fa  
 bith, 's cha 'n eil ach faoineais bhi aig  
 tairgse togail air a leithid a bhunchar. 'di  
 maidin na beatha an t'aon aimsir eifhach-  
 dach air son oibre; ife tha 'n sin aig dich-  
 uimhneacha, no aig cur dail anns gach ni  
 feimeil ra thoirt faneargus an d' thig geamh-  
 radh a laithean, ann am bhar'ailse cha  
 'n eil ach ni bairigh dhith bhi aig smu-  
 uaineacha ruigheachd air subhailcan ainmeil.  
 Ife tha aig amharc air cusboirean caochla-  
 dach an tsaochgilde mar a Dia. Ann an la a  
 slainte 's a treis a tha aig fulang do 'n  
 caoimhneas a cridhe a ghoid na n-deigh 's  
 aig tabhairt tlachd do 'n gnuis <sup>nu</sup> simo na  
 eisampleir, comhairle, no suil a' fear-saor-  
 uidh, Dioimhanéas a roghain, 's caill a pris  
 thig iad so na codhail la eigin ann an dreach-  
 fein. Ife tha gu h aidhearrach eatrom, aig  
 dol amach chum an t saoghail gun amharc  
 no smuaintigh air an fhoil 's na h innleach-  
 dan tha gu tric 's gu folachaidh ga 'n gnathacha,  
 mar tha fiosrachadh laitheil gu  
 bliadhnoil aig taisbeanadh. Cha chreid i 'n  
 seol tha sligheadairan 's flaitearan ga chleach-  
 duin a lughdacha a cliu 'sa h onoir agus sin

le na h aomadh o shlighe measarrachd 's subhailc, tha iad gu h obain ga treorachadh ach mo thruaighe caite: cha 'n ann a thachairt air Dia no ann an ceum a lagh, ach chum bron agus maslach. Cha Chudtromaich i gu' fead aon sleamhnacha mearrachdach a fagail fosgailte do thrioblaudean lionmhор anns a chud eile do beatha; cia luaimneach bunchar gach aoibhneas talmhaidh aig nach 'eil ach dubhailce, diomhaneas 's amideachd mar an luchd iuil? Smuaintidh dhùrachdach air faoineas agus neo chinnteach a beatha tha so iomchuidh feimeil a dh' isleachadh uabhar; eifhachdach chum toirt uirra-se tha 'g intreadh gu h og aineolach air an t saoghal a cluas aomadh ann an am gu leafacha na h inntin 's dh' fhoglum slighe dhiadhachd is ghliocais. Feadaidh ē bith ise tha flan tearuinte, nach toir i ach beagan creideas do 'n fhirinn so, ach leabhar anns nach'eil dealbh foill 's nach treoraich am feast chum seachrain; tha e foilleir do na h uillidh a thionndas an suilean air a chill, air leabaidh na h easlainte, aig beul na h uaighe: tha fluagh solas mealtach an fin, aig gabhail an ceud leigeil le beannachd 's ionlan buan. N' am biodh ciurin na h uaigh air a chur seachad, mais, 's beathalachd, tuigse, 's foghlumi, air a lughad an taite far an robh iad aon uair aig gabhail tamh, ach anois air a ghlasadh gu cinnteach ann tosf maitreanach. Cia na smuainte

dhusgadh an sealla 's an t aite? nach b'e'n  
 conaltradh 's an comhairle na 'm b'uirin iad  
 labhairt na achasan thoirt seachad, thusa  
 tha maiseach na di-chuimhnich thu fein faic  
 a chrioich gus an d' thig thu, 's chum am  
 bheil thu gu laitheil aig deifrachadh. Thusa  
 tha beartach na h earb as do storas oir cha  
 'n 'eil feum ann 'n uair tha n t anam 's an  
 corp dol a dhealachadh ra cheile, tha gach  
 cuid do 'n t sealladh gu laidir aig earralach  
 neo-bhasmhorachd a bhuidhin le cursa subh-  
 ailceach beatha am feadh, is tha laithean na  
 saothair aig maireachdain. 'M bheil an  
 dealbh taitneach tha 'nois co-mor aig  
 beathachadh air tlachd, ri buanachduin  
 gu maiseach cinnteach gu'n teicheadh am  
 feast o shealladh? 'M bheil a ghuais sgi-  
 amhach far am bheil riochd an t suairceis  
 aig labhairt snasmhorachd a cruth ri seaf-  
 amh daonan mar sin gun tachairt am feast  
 air claoidh? nach 'eil na gruaidhean lionta  
 ra 'n dreach tuillidh atharracha? 'M bheil  
 am brollach  seirceil a bha na sheomar  
 tearuinte do air sgeul run daonan ri mair-  
 eachduin mar sin? Cha n eil feim codach-  
 adh air na nithe so oir tha fianuisean ni 's  
 leoир ra fhaicsin anns gach aite thoirt dear-  
 bha air an fhirinn so; maighdean ann a  
 ceud intreadh air an t saoghal tha aice  
 sealla taitneach air moran solasaibh, 's tha'd  
 so ann a barrail air na 'n sgarachduin o  
 gach cumasg neo-thaitneach a thairgeas  
 teachd chum sealladh, tha aoibhneas ri eirigh

gu tric 's gu laitheil air thoiseach air a ceum, tha na creagan tha 'ris air na' faicsin ann an asdar na beatha gu h iomlan air na 'm folach, tha ghrian aig dealradh uirre as eugimhais neoil, gach coslas ceann'sachadh is cruadail aig criochnacha leis a cheum dheifrach thosaich a fhuair i gu h innhe na mna, tha dochas air na dhufgadh le iomad dealbh meafoil ann 's an aimsir a tha chum teachd, tha i ri eirigh chum fealladh ainmeil le buaidhean do iomad seorse, tha mais ri moran do luchd iongantais is speis a dhufgadh 's a tharruing na deigh, tha teaghlaigh fa beartas ra togail chum onoir agus cliu, 's iad so gu h iomlan bunchar a sonais 's an casan cinnteach anns am bheil i ri gluasachd? amhaircidh bean na ceille 's a ghliocais air an t seorse thogail so mar chusboir bairigh 's gu h iomlan neo-chinn teach. Ach isetha caninhuin a beatha aig deana dimeas air geomnuidh eachd 's measarrachd, cha 'ne 'mhain gu bheil a gluasachd na amghairdhith fein, aig dusgadh bron agus bunchar aithreachais anns gach fealladh, ach tha droch aiceachd \* mar dhreisan a mhimhaiseachas 's a reubas, truigean an dream a bhios aig lorgaireachd a cuideachd, do bhri nach i 'n eisemplair 's fionalta a chi iad no na briathra 's fearr 'fa 's taitneich a chluinneas iad na conltradh An togail nach robh iomlan innte fein ge'd sheas i car tamuil, gidheadh cha do mhair i buan: chunnaic am fear amhairc a fal-

\* Aiceachd no beus.

neachadh, 's sgaoil e air falbh ceo gach  
 sineolais 's dorchadair, thaifbein e buaidh-  
 can agus buanachd an t seorse fhionalta,  
 thaghte, chauidh fhaotinn iomlan nuair a  
 bha e air a dhearbhá, 's a chuid a bh' air  
 a chaochla dhiteadh, fa chuir air cul.  
 Bhi' aig deana' tailceas air riaghlean air  
 creideamh 's na nithe fionalta aans am  
 bheil air sonas amhain aig co-sheafamh  
 feadaidh guanag is an guanaire 's luchd  
 fanoid a shaoiltin gu bheil inmhe ann an  
 cleachduin mar so, ach co iadsan a dh'am-  
 hairceas air aans an riochd sin, co ach ami-  
 dean 's amadain gun ghras gun tuigse?  
 uime sin a bhean ghlic cha ghuth gaisgeach  
 le idir briathraibh do'n t seorse; 's cha sheal  
 i le speis no toirt fanear orrasan a thisbeanas  
 an run 's lugha chum mid-hreach a tharruing  
 air bunchar gach ni's fiu ra rireadh agus 's  
 airidh air fior-mheas fa bheatha so. Ann an  
 cridhe na te so tha gach subhailc inmhach  
 air na 'n sochradh fein mar aircathair, uime  
 sin thar a ceann ceillidh guth an neo-  
 shoirbheachidh agus foighde na h aimsir  
 imichidh iad seachad gun chiurram. Sonna  
 a seirbheisich, a clann, fa coimhearsnaich,  
 ach tha chuid 's fearr agus 's mo do'n  
 t sonus air na dheanamh cinnteach da fear,  
 bioduidh, giulan mar leabhar fosgailte daonan  
 na shealla, 's air ach caibidéal no ran a  
 dh'ambairceas e cha leubh e ach canmhui  
 na ceil 's an t suarceis, agus sin tha aig seola  
 chum beannacha air faicil daonan le tuigse,

ach amh'rusach ma neo-iomlanachd eig  
 innte fein, amhaircidh i air mar chleachd  
 in nis maitsich 's nis 's mo buannachd, bh  
 aig smachdacha gach famhlacha suarrach  
 chi i na conaltradhb, no na gluasachd fein, n  
 bhi' aig ceasnacha le miruin no suil mhaslac  
 failneacha feodhain eile, le roirt gu ceillid  
 fanear gu bheil truacantas ann an ach'asa  
 Dhia 's na 'n sgriobtairean nach 'eil ai  
 clann na 'n daoine gu minic da cheile. In  
 sidh i dhuit gu tuigseach nach 'eil ach bea  
 gan foghlum feimeil chum ruigheachd ai  
 an eolas a tha eallamh chum cronnacha, ac  
 an t subhailc dhuisgeas eud air a lughad th  
 bhuanachd so na cuideachd, gu 'n claoi  
 leath no mall cloinn a chulchainidh 's g  
 sag i 'm buille gun luth. Mar so feuchaidh  
 Dia gach togail, agus sin a bhios air na fhaot  
 tain slan reich gun mhearrachd, mairidh  
 mar sin 's chum cliu 's onoir an luchd oibre  
 Creideamh glan fallan, deagh chaitheamh  
 beatha air an taisbeineadh gu laitheil 's gi  
 soilleir, le firinn, foighidin ciuineas, 's fa  
 oeilachd, 's subhailcean ainmeil iad so, fi  
 onalta mar tha 'm bunchar, agus 's sonna  
 ise gu cinnteach a tha a tigh air a thogail do  
 sheorse co riomhach. Cha ghlan uisge air  
 falbh an dealbh, cha loisg e le teas greine  
 cha tuit e le gaillean geomhruidh, no le  
 stoirte sa bith, so an togail a gheibh buaidh  
 air aimsir 's air bliandhnuidh, nach caith  
 's nach crion air falbh le d' fheuchain, air ar  
 amhairc Dia fein le tlachd, 's a bhios an

n urram aig gach duine coir. A bhean  
 ghailteach choir cheillidh, tha aig ruinea-  
 hadh 'ra rireadh bhi ann an caoimhneas  
 Dhia, tha i na cunbhail suas 's na creideas  
 a teaghleach, leis a fin cha 'n fhead i gun  
 bhi taitneach leisean tha na ughdar e fein  
 ir gach ni maith agus ionnlan. Ceusna-  
 haidh i so gu tric cia am bunchar tha ga-  
 hail comhnuidh na cridhe an or, airgiod,  
 clocha buadhoil, na tha aig cialla-  
 hadh, bannalachd, giulean beufach sao-  
 eil, fonnrihor; saor o fharniad 's droch  
 un: Tha 'n taobh eile ma'choinne fo aig  
 iallachadh amideachd 's baoibhilachd,  
 ainnt shuarrach gun sult, mianuibh truail-  
 idh, aig leannhuin breugan, 's gach seor-  
 e do chleachduin mhichreideas ach mar fin,  
 ha bhi 's cha robh an togail fo buan no  
 naifeach, cha 'n 'eil ann ach feur, 's cuinn-  
 ein nach feas le urram ann an la a cheas  
 achaidh. Dathanan cealguch tha iad gu-  
 ric aig brath na mi-mhais tha gu folach-  
 idh aig comhnuidh fuidh 'n trusgan sua-  
 ach: cha 'n eil seoltachd fa bith cosmhui-  
 i bhi' ra rireadh mar bu mhaith le neach  
 ealtuin, oir sgeudachadh na foill cha 'n  
 haighear a chaithe fada gus am bi e air  
 hoirt fanear; ann 's gach riochd 's seal-  
 adh am feuch thu air, tha e dimeasoil, a-  
 gus eisin da 'n leir gu foilleur sinuaintigh  
 thiomhair a chridhe, co maith ri gniomh-  
 ra follasach na beatha, gun amh'rus tha e  
 na ni dana uair fa bith tairgse teachd le

sgeudachadh co truallidh na laithair, tha buaidhean ainmeil daonan aig cumbhail cairdeas ri gliocas, cha ne 'mhain gu bheil tearuinteachd na h aite tamh fein, ach cha 'n urra foill ach ro annabh buadh fhaotain air fior chiuineas 's tuigse, oir chi suil na ceill 's na foighdin gu soilleir aiseach, sgail dhu'laidh dhorcha dhubhailce 's cha bhi i air na h aomadh, no air a lubadh, le na conaltradh, na ceum.

Cridhe na bean shaoi'eil cha charuich le giorac na gealtachd, beul na firin, cha chlaoideh droch run, 's cha tilg a bonn. A bhean fhonnmhор cheillidh, gheibh thu i 'n diugh far an robh i 'n de gu ciuin bannail, cha 'n ann le aghaidh ur, ach daonan leis an aon sgeudachadh ; bithidh an tiomlan do ghiulan na mna glic co fhad is 's tige le, na leigeas neo-iomlanachd a naduir dhith, a cordadh 's air na righlachadh le umhlachd do lagh Dhia, 's dhaoine, 's bu dimeasaill gu deanamh i gniomh bhiodh na thilgea' suas da cairdean ; a bheiradh air na deoir at na 'n suilean, no dhuisgadh deirgaid na 'n gruaidhean ; ann an duiche na sgriobtairean togaidh bean na ceille a ceann le mèas is inmhe, le eagal cha charruich 's cha 'n aom a dochas, ge'd dheir'eas air uairibh neoil dhorcha air thoiseach urra gidheadh sgaoil-idh tuigse an driuch air falbh ann an cabh-aig, pronnaidh\* foighdin an luth 's an treis.

\* An driuch no am fearg,

's le naire bheir i orraimeachd gu diblidh a sealladh ; feadaidh fuaim na d' fheuchain a guth a leigeil ma sgoil, ach cha nan chum buaidh ; an te a tha aig gabhail firinn is grinneas mar a luchd iuil, tha meadhon fuasglaidh daonan aig laimh, air taobh an treimhdhireich tha ceartas aig feasamh gu h uchdmhor 's ge d' thig air uairibh beagan saruchaidh, ann an co-ail na mna shuairce, gidheadh oibreichidh gach d' fheuchain dhith sichaint' agus solas, mar oighreachd chinnteach nach caith air falbh, ach tha ri maireachduin ri uine, agus sin le ceangal buan nach gabh sgoileadh. 'Si bean na firinn, na reite is na foighdin, a bhios ann an tlachd aig Dia, a chluinneas ē guth, 'fa sheasas e gu dileas ra taobh, 's da 'n toir e furtachd & fuasgladh 'nuair a cruadail fa gearrain, a bhean a tha gu h eifhachdach air a stiuradh le seola Dhia 's aobhar gaideachais a beatha fa bas, cha ne 'mhain gu bheil i fein aluinn, ach fagaidh i mar an ceudn' gach cusboir ma tim-chioll ann an sgeudachadh nis taitneich ; bithidh i faicilleach air a giulan, cumaidh i frian ra tean-guidh, taghaidh i a focail 's cha bhi' i idir ullamh a dhusgadh fearg na coimhearsnach. Cha bhi' i eallamh a mheudacha' no leudacha' fann sgeul a mhiruin na chulchainidh, cha bhi' i na h urrain aig a bhreig 's ni mō bhios tlachd aice dhiubhsan a bhitheas. Cha 'n fhosgail i suil le farmad, is cha n'eil i gu h eacorach aig sanntachā cuid a coimh-

earfnich ; far am bheil gach subhailc, oird-heirc phriseil mar so aig fas gu foilleir 's gu daingean a gabhail freimh taisbeinidh an torradh ri uine ghairid an dreach, cha n'eil feim fianuisean a measg a luchd ruin, no coimhearsnaich, aig bean na ceille a chomhdach co an teaghlaach no chuideach da 'm buin i oir cha 'n ann an cridhe tioram bochd tartmhор do bhios mais cosmhuiл ri subhailcean na te so aig cinneachduin no aig togail cinn ; " fosglaidh a bhean ghlic a beul le tuigse, si teanga lagh a chaoimhnais ; tha suairceas a glaodhach air thoiseach urra," tha grinneas aig teachd le tuigse o beul, a toirt meas & urram da guth & da connadal. Searmoin a fhallain caithe beatha, 's comhairle na mna chiuin, shaoidheil, fhoistin-each. " Si slighe, slighe an t solais, a ceum ceum a ghliocais ; si craobh na beatha dhafan a gheibh greim urra, 's sona gun amh'rus an ti aig am bheil i na sheilbh, bi'dh i na solas da anam, na cearcal feirc ma mhuiNeal ; 's lochrann taitneach a comhairle, 's beannacha gun amh'rus a seola, 's folus dealrach a lagh ' se h 'ach'asan slighe na flainte." Eisan bheir creideas da briathara, gluaisidh e gu fabhailte, 's cha slearmhuinch 's cha 'n 'aom a cheum. Tha bhean mhoghar, bheufach aig buanacha ann 'n urram, le coir cheart mealaidh i onoir agus cliu. Bidh gach beul fosgailte le anail chairdeil, aig labhairt air a mais, gach suil aig gabhail beachd air a giulan, a miannacha a

h eisempleir a leanmhuin, air cuimhne fha-  
da mairidh ainm na te so, agus n'is fearr na  
so, gheibh i ceangal air beannacha' nach  
criochnaich maille ra Dia. Deagh ghiulan  
geamnuidh, riaghailteach, diadhaidh, is por-  
son meafoil buan gu cinteach na nithe so,  
's cha toir buaireadh na amh'ar air falbh an  
toradh na 'n cliu, cha mhill is cha lughd-  
aich an chothrom an dreach ; gheibh na sub-  
hailcean so lamh an uachdar air bas is air  
uaigh, 's bidh iad na 'n luchd iuil, aoibh-  
neach aig an te bhios gu firineach ga 'n  
cleachduin, chum a stiuradh gu tearuinte  
gu h ionad comhnuidh reidh. A Bhean  
ghrafmhор buanaichidh i ann an onoir, is  
bheir i fear gu creideas, ach an struitheir is  
an amaid tha i na di-meas da h ainm, se ce-  
um na droch mhna an t slighe chum amh'air,  
sa fealladh an casan fios gu seomra truaillidh  
na triobloid. Tha 'n t abstol aig taisbeine-  
adh 'n uair a tha e aig cur suas air cliu na  
mna' bhannail, a bhios aig oibreachadh a h  
inntin gu gne'ail 'gus a 'chothrom is fearr, a  
bheir aire da gnothaichean fein, aig nach  
'eil tlachd ann a bhi' aig comharacha' aig  
rannsacha', no aig losgadh a beil ann am  
failneacha' no gniomhara a coimharsnaich ;  
aig nach 'eil speis do ghuainalais, no ruit-  
eas, a stadas gu foist'neach aig an tigh, aig  
oirpeacha' a teaghlaich a riaghlaich gu faicil-  
leach, toirt fa'-néal gach ni a chumail  
ann an dreach, agus ordugh gleufda. Tha  
e aig toirt ach'asan mar an ceudna dhoibhsan

a tha leisg, luntach, aig leigeil seachad gu masanach gach ni ann 's am bheil foghnadh, agus freagarrach chum maith an tighe, a bhios aig cur seachad an aimsir gun churam gun ghleidhadh a dol air cheilidh gu tric o thigh gu tigh, cha n'eil so aig taisbeineadh ach cusboir gun mheas, cha chomhara e air gliocas, ni mo tha e na eisempleir airidh air toirt fainear, no leanmhuin. Ach bean a chridhe ghlan 's na h inntin inmhach chialtach, tha i so gu laitheil aig caithe blath agus beannacha' a Dia; 's ann an tlachd aig gach neach a chi a giulan. Cha 'n ura thu comhara' is fearr fhaotain air fearran bear-tach, no deugh thoradh; mar an ceudna 's an a reir na 'n subhailcean a chi thu aig leanmhuin no ann an co' cheangal ri aid-mheil fa bith bheir thu bairail air fhallain-eachd. Tha beartas agus storas an t saoghail lo gu laitheil buailteach do iomad tubaifd is caochla'; cha toir iad furtachd no fuas-gladh seachad air aon mhodh o ghath lot mhór bais, 's cha n'eil ionta ach caraид gun eifheachd ann an la bhreitheanais, no ann an lathair Dhia; ach tha beartas na mna'ghne'eil, cheillidh, neo chumanta, agus leis sin cha n'eil a phris furasta a thaif-beineadh gu h iomlan, cha n'eil i fosgailte no buailteach do mhilleadh iomairt fa bith. Subhailce agus tuigse, gu cinnteach, is iad so an storas as fionalta agus is buaine, 's urra aon te fhaotain na feilbh, uime sin a bhean cheillidh, cha ne 'mhain gu 'n toir i

geudachadh snaismhor do dhuilbhreachd  
na beatha, gun tionndaidh 'i neoil gach  
gruaim gu folus dealrach araon dhith fein  
agus da fear, ach tha i mar an ceudna na  
cuideachadh laidir ann am maith fiorruidh  
in 'n anama, thogail gu tearuinte air car-  
ruig shabbailte an t solais agus na buaidh.  
Far am faic thu lānain tha 'n inntin sa 'n  
caithe beatha anns gach cuid agus gniomh  
gu h ionlan aig cordadh le cheile, gun  
bhuaireadh gun ghriobhag, ga 'n giulan  
fein gu ciuin, reidh, foistineach, foighid-  
neach, anns gach cuis agus d' fheuchain.

Far am bheil na buaidhean oirdhirce,  
meafoil so ra 'n toirt fa'near is feimeil gu  
tric ra 'n cuir an geill, ann a seirc a fichain-  
te, 's co-cheangal mar so, tha laimh is bean-  
nachadh Dhia foilleir ra leubhadh is ra fhaic-  
fin gu h aimseireil; 's far am bheil eisín na  
fhear cuidich, cha 'n fhead sonus idir bhi  
na coigreach do 'n aite, no do 'n teaghlaich  
fin; 's mor a bhuanachd dhoibh fein 's  
cha bhi' e idir na aobhar turse do 'n luchd  
amhairc: oir is boidheach agus maifeach an  
sealladh bhi' aig faicsin gradh agus seirc le  
dealbh chaomh aig fagail an samhlacha' gu  
laitheil ann an teaghlaich a bheannachaidh,  
's cha n'eil cosanhlachd neamh air tha-  
lamh ann an cruth fa bith co ionlan; 's  
cha 'n ann aig mnai phosda amhain tha aire  
ri bhi' air an giulan is an conaltra, ach aig  
nighinean og mar an ceudna. Tha raogh-  
ain aca ra dheanamh, 's an creideas ra she-

asamh, agus cuis bhrofndnachaidh 's iomlancas  
 agus 's mo' na 'n nithe fo, beannachan  
 is cuideachadh Dhia; ra 'n cofnadh 's ra 'n  
 coimhead; is cha n'eil na tiodhailce ainmeil  
 so ra 'm mealtuin air slighe fa bith 'eile ac  
 trid faicill, gliocas, agus gulan suairce  
 bannoil. Cailleadh nighin aon uair a de  
 agh ainm (na tuighibh mi ann an so aigh  
 labhairt air te tha aig fulang fuidh theang  
 mhiruin nuair nach 'eil i ga thoilltin, cha 'n  
 'eil an so ach spidag air a trusgan a chaith  
 eas leis fein air falbh ri uine ghairid, ma  
 tha foighidin nis leoir aice a ghiulan 's 'an  
 tha mi aig labhairt tim-chioll na te tha do  
 rireadh aig toiltin maslaidh;) tha i mar gu  
 faicte gloinne uineig air na bhriste, 'fa  
 mheud dicheal is aghabhas tu cha 'n uira  
 thu 'n dreach ceudna chur air gu brathail  
 tuillidh. Simplidheachd, diomhaineas  
 amaideach, is sgeudachadh neo' sgiam-  
 hach iad so gun amh'rus, agus iadsan tha  
 gun churam ga chaitheamh cha 'n urra iad  
 gun toirt fainear le caill la eigin an truail-  
 leachd tha lubte gu folachaidh fuidh gach  
 faime: Bhi' caoi'neil suilbhrit ris gach neach,  
 ach mar an ceudna faicillach 's am fior cha-  
 irdeas le ro bheagan, 's comhairle so tha  
 air na sho'lum o fhiosracha' air an t faoghal,  
 bhi ro fheumail, 's air na leanmhui le  
 cuid a churam. Tuigse dhealrach, is eolas  
 ainmeil, feadaidh na buaidhean so cosmhuil  
 re reul dhriolanach iongantas agus foilse  
 dhusga re tamuil beag; ach ma tha maith-

is cridhe air asdar fad on cho-chomun tha a tiodhlaic fo aig gach te th' ann an feilbh rra ni 's mo na 'n aobhar turfa no na 'n usboir farmaid. Si 'mhaife gheibh do rir-adh creideas o Dhia, ionracas is glainnid eatha, maille ri u'lachd riaghailteach da igh: cha 'ne 'mhain gu bheil eiseimpleir a te fo ciatfach ra leanimhuin, tha do rir-adh faicilleach, glic, ach cha bhi' ach ro heaghan da gniomhara a chriochnaicheas dir ann an aithreachas. Maise gnuis agus eisead pearsa, feadaidh na nithe fo cuid do eart thoirt air uaireadh do mhoran bairigh, ir nighin sgiamhach mun bheil tuigse agus aicill aice da reir. Tha e ro chuntartach u 'm bi' a maise na carruig tuislidh, agus nn an aite luchd iongantais, is aobhar eail gur h ann a thig masladh agus di-meas a codhail, Feadaidh uabhar u'daras a harruing gu ionnsuidh fein, 's misneach a habhail air iasachd o teaghlach meafail, 's cairdean foghainnteach, ach ge d' bhiodh uil te aig agairst daimh ri moralachd, seadh ioghalachd fein, cha dean so suas cail neasfarrachd agus tuigse; tha iomad te h'air na breith gu h inmheach aig faotuin inm nach bu chreideafach idir le bean hubhailceach, 'sa bith bhi' ga chaitheamh io ga ghiulan. 'S ge nach 'eil a bhean choir chéillidh air cuimhe gu tric ann an eachdraidh na rioghachd, is na Du'cha, cha rig i leas mulad a ghabhail dheth fo: Si mais na h inntin amhain is airidh air ur-

ram is toirt fa'near, is air nach ámhairc Dia am feast le di-meas; 's gu cinnteach tha mhalaire is fearr aic-se a bhuidhneas a chaoineas. Iorisleachd, breith air na dusgadh, 's air na cumail beo le subhailce, tuigse agus faoi'eilachd, tha 'n inmhe fo mile uair na 's airidh air cliu no iadsan a tha na 'm Bain-tighearnan a reir am beartais, no gai-sgealachd am paranta: da 'n eigin a bhi' aig deanamh suas an uaire, 's a meas, le bhi' aig fosgladh, aig rannsachadh 's aig spuinlin tuamaibh na marbh air son dea'ainm.

" Am fosgladh onorach sin a chridhe, is na gnuis a tha na choigreach air foill, an lamh chinnteach, a chumas greim do 'n treimhdhireas giulain sin nach 'eil ra leigeil mu sgaoil air son riochd gun fheum, is nach crion a mheas no dhreach le na chleachduin: so 'mhain na nithe a choisneas urram, 'fa dh' fhuilingeas suil cheasnachaidh na firin gun ghealtachd. 'S iad glicas agus subhailce amhain a bheir seachad cliu thoilteanach, a shocraicheas i air bunchar cinteach; a bheir pris dhi' ann suilean a chuid thuigseach do 'n chinneadh daoine; oir iadsan as lugha toirt fa'near cha 'n urra iad gun aire is urram thoirt dhoibh sin th'air na 'n sgeudachadh co-inmheach." Ri beagan aimsfir tha neach air a dheanamh eolach toilichte le sui'eachadh na h aghaidh, ach mi-mhais na h inntin 's ach'asan buan so nach 'eil idir furasta bhi' ann an reite ria.

Le amharc gu foighidneach air duilleag na dha do leabhar sa bith ; feadaidh tu ann an cuid mhór barail chinnteach fhaotain air an iomlan ; a'mhuil so nuair a chí thu bean cheillidh, aig deanamh saothair gu laitheil chum gach ni cluiteach oibreachadh le torra, aig runachadh a dleasnas a chur an gniomh do Dhia reir riaghail a coguis, agus leis na meadhana sin a shaoileas i thoillicheas eisin : Ni di'meas air gach coslas foill, gach focal agus gniomh truaillidh : oir cainnt gun bhlas cha ghabh ni sa bith a leasgeal. Tha briathra gun tlachd daonnaí aig brath call ruigse ; leis an fhiosrachadh so tha bhean ghrian aig oirpeacha' le curam gu riaghluich firinn agus measfarrachd a chuid as mo da conaltradh. Tha focail an cumantas taghte, agus fuidh sgeudachadh fionalta, is iadsan a chuireas ag ann na sgeul cha ruig iad a leas a smuainteachadh gu 'n tairg i neoil an amh'ruis a characha' le mionnan : dheanamh i di'meas orra ; is an a bhiodh aig amhairc air a shon is cha 'n iaslachadh i i fein co truaillidh, 's gu 'n tairgidh i, idir a leithid. 'S ge'd chluinneas i fann sgeul tim-chioll urra fein cha toisich i air connspoid, no buaireadh ; bheir i gu ceillidh cluas bhodhar do'n nuaidheachd, is leigidh i tuiteam dhe' gun mheorachadh sios gu h'uaidh na dichui'n. Comhnuicidh i so gu tearuinte o gach canain aig nach 'eil ceol fa bith na guth, ach gairm gu neogheamnuidheachd, oir tha fionaltachd a

h inntin gu h iomlan na coigreach do namh-aid co dioghaltach da sonas. Cia measail taitneach fealladh beatha na te fo, gach cruth da gluasachd air an amhairc thu tha 'n leabhadh aig taisbeineadh dealbh fionalta chum lorgaireachd air urram agus speis.

An cridhe dh'atas le truacantas air son amghar feodhain eile, a ghuins anns am bheil seirc gu tric ra fhaicfin aig subhailcean sonnruighe mar fo cha bu choir do dheoir na tuirfa bhi idir na 'n luchd eolais, no deirgid na trioblaid fosgladh air a mais'. A cudthrom a dh'or cha cheannuich e 'n te fo, oir tha luach gu fior os ceann clocha buadhoil, agus cha 'n 'eil gach ni a dh'ainmechas tu idir ra shamhlachadh ria; 's feist bhuan a cuideachd, is a conaltradh a bheir fionaltachd do gach cusboir ma timchioll, tha cainnt, fa giulan gu 'n doinean, aig toirt ach'asan seachad na's mo na briathra. 'S iad na subhailc fo, is cha ne beulanachd gheur, ghuineach, no droch ghne a h ainm chum buaidh. A bhean cheillidh cha dean i gu brath do dh' fheodhain eile an ni nach bu mhaith le dheanamh dhith fein; fo an riaghail leis am meoghraig, is an tomhais i h uile ghuinniagh sonnruighe: tha 'n te fo co heartach ann am firinn, ciuineas, agus gach comhara eile maifeach, is nach fair-ainm a radh gu bheil i cosmhuiil ris a ghrein gu laitheil cinnteach, soilleir; cha chriochnuich i fo am feast ann an speis agus tlachd an luchd-amhairc a choimhead

gun seargadh no failneachadh, cosmhuiil ri  
 fosgladh an ros duisgaidh i fāileadh cumh-  
 raidh taitneach ma timchioll. 'S i h annail  
 annail na seirc, a briathra torradh na ceille :  
 oidh a run, fa conaltradh do 'n aon  
 leorsa, cha labhair a beul uair fa bith ach  
 coslas na firinn an uair nach 'eil foill aig  
 gabhail tamh na cridhe, cha ne sgeudachadh  
 na baoibh a trusgan, no mirun faobhar a  
 teanga ; cha 'n ann le cabhag, no giorrag  
 i theid a focail a chur mu sgaoil. Innsidh  
 nasaighoirachd an tuigse iomlanachd an aite  
 far an d'fhuair iad an altrum ; tha fios aig  
 bean na ceille gur priseil guth na firinn, 's  
 gu creideasach a coslas : uime sin canain an  
 fuarceas, labhruidh a h uile ghniomhara co  
 naith ra teangaидh : amhaircidh i air an  
 fhirinn daonan ann an sealladh urramach,  
 nach 'eil idir ra gnathucha' mar chusboir  
 pairigh, no mar chuis amaideach, cha cheol  
 e ach a seinn, 's cha run le ach a comhairle;  
 amhlachadh cuilbheartan agus bhreug, ge  
 i bhios iad air an taisbeinadh ann an dath-  
 inan feolta, air na 'm foillseachadh le  
 briathra sgiolta, cha tarruing i dluth da 'n  
 cuideachd, is cha 'n eisd i ra 'n guth, cha  
 'unaich i gluasachd 's an t slighe, far am  
 sheil an fhirinn air a di'measachadh. Ra-  
 n eolas cha dealaich i air son foirbheach-  
 adha no aiseachas, ma thuiteas dhith uair  
 a bith le sugra' no neo' churam a h ughd-  
 arras a dhi'chuimhneacha', cha bhi 'n āire  
 irra a failneachadh aidmheacha, no lorg-

aireachd airist air son a chruth fhionalta.  
 Cia i an du'ich, ál, no cearna do 'n t  
 faoghal, anns an robh subhailc, méas-  
 rachd, is maisolachd mar so fuidh dhi'-meas.  
 Is gann a tha ni fa bith co chreagach ra  
 fhaotain is gu feas e mach fada an aghaidh  
 faoi'elachd agus foighidin. " Cha 'n 'eil  
 " teanga' 'n fhoghluim feimeil a dh' fhoill.  
 " feachadh cliu na mna aig am bheil ciuin.  
 " eas na gnuis, ann a conaltradh gliocas.  
 " suarceas ann a giulan, ann a beatha subh-  
 " ailce, agus ann a geamhnuidheachd.  
 " trei'dhireas. Na buaidhean so air na 'i  
 " cruna le ceil is deagh ghne, mairidh iad  
 " beo na's faide na aghaidh thlachdmhor  
 " agus claoidh, naduir, 's aois fagaidh iad  
 " neo-fhaicfinach, cha 'n eil boichid f-  
 " bith ann 's am bheil fior mhais, ach taobl  
 " a stigh na h inntin riaghailteach; ciuin  
 " eas agus grinneas, is fior mhais iad so  
 " dreachalachd beusan, is conaltradh, th-  
 " iad moran na's airidh air cliu' na snaismh  
 " oirachd pearfa agus aghaidh mhaiseach  
 " Ise tha ann an seilbh orra tha i air a fagai  
 " iomchuidh air a teaghlaich a riaghlaich  
 " agus ceart chum a bhi' na h eiseimplei  
 " airidh air toirt fa'near, araon da cloinn  
 " agus da luchd eolais: is iad so amhain  
 " a dh' fhasgas inni' ciatfach, 's a choisneach  
 " dhbibh an tiodul is fearr chum cridh  
 " agus gradh an dream ris am bhéil ia  
 " ceanguit." Eisean a tha co fona ann  
 oirp, air an d' amhais ann a bhéan phosd

fior bhan-charaid, d' am fead e bhrollach  
 fhosgladh gu tearuinte, am fear air an do  
 thàchairt so, cho'dhail e mor shonas; gu  
 cinnteach tha reuson aige cliu thoirt do  
 Dhia, thug le laimh shaibhir a lionmhoir-  
 eachd a storais dhasan beartas buan, ain-  
 meil do rireadh, agus oighreachd shonn-  
 ruighe. Tha fior chairdeas mar gu faicte  
 corp air na roinn is nach dean suas reite sa  
 bith gus an tachair e air a bhloidh fein. Cia  
 taitneach feirceil a labhras, sa dh' amhairc-  
 eas sin air an dream da'm bheil fior speis  
 againn? Tha sin eidhor ma 'n foirbheach-  
 adh, mothachaidh sin dealbh an t solais agus  
 ionlaineachd aig Dusga 'n ar cridhe, gach  
 uair a chluinneas finn an ainm far am bheil  
 an cliu ga mheudacha'. Cordadh agus  
 ceangal caomh le roghain agus lan saor thoil  
 ann 's gach cuid 's pairt, tha so ro fheimeil  
 chum sonas lanain sa bith fhagail ionlan  
 buan. Uime sin nuair tha reite soilleir ra  
 leabhadh ann an teaghlaich; Sean agus og  
 ann an carthanachd le cheile, aig oirpeach-  
 adh gu treimhdhireach sonas ionlain a  
 chur air aghaidh gu buil cheart. Cha ne  
 'mhain gu robh 'n tigh air a thogail le tuig-  
 fe, ach bidh e air a Riaghlaich, is air a  
 dhaingneacha' gu laitheil, le beannacha'.  
 Is taitneach do rireadh an sealladh bhi' aig  
 faicfin teaghlaich ann an ceangal caomh, feir-  
 ceil, aig labhairt na firinn, agus daonan  
 ann an si'chainte eatorra fein. Far am  
 bheil cuideachadh is caoimhneas Dhia, air

na Dhearbha' bidh e air na fhaicsin, oir  
 iadsan a tha fuidh a sheoladh, fa tha aig run-  
 acha' an treoracha ann an slighe 'n dileasa-  
 nais, cha chuir sgāil air bith folach air a-  
 mhaitheas uathsan : Ciod a chuireas smuair-  
 ein, na buaireadh air bean na foighidin, is  
 an t suairceis, cha d' thig aon ni am feast-  
 leis am bi' i air na carracha' no air na h-  
 aomadh, no leis an claoidheir i gu mor,  
 " ach cuimhn' is iomradh maith a chaoich  
 bi' air a bhan-fhirean choir" oir tha  
 aice cultaice tearuinte ann an la na stoirm,  
 a bheir seachad gach ni maith ra mhealt-  
 uin, do bhri' gu bheil i grafmhòr faicilleach  
 agus co thromach gun gho ; oir aig diadh-  
 achd tha gealla cinnteach air a bheatha tha  
 'nois ann, co mhaith ris an t sonas a tha ri  
 maireachduin gu fiorruidh. Beannaichidh  
 Dia saothair an teaghlaich a ghluaiseas ann  
 a shlighe, aig am bheil tlachd do gach ni  
 riaghailteach, mar chi sibh fan 128 failm,  
 's aoibhneach gach neach a ghradhcheas  
 an tighearna, le cridhe glan gun cheilg ;  
 'fa stiuras an ceumana do reir a lagh, oir  
 bidh an aite taimh tearuinte, is ithidh iad  
 gu sabhailt do thoradh an saothair. " Bith-  
 " idh a bhean cheillidh mar chrann fion  
 " torach an taobh stigh da teaghlaich, fa  
 " clann mar chrann ola tiomchioll a buird  
 " gu laitheil : mar so biaidh i air na bean-  
 " nacha' a ghradhcheas Dia, cuimhnich-  
 " idh eisan i ann an Sion, chi i maith a  
 " teaghlaich, agus laithean fada ; 's clann

" a cloinne sonas fioruidh ann an Israel." Ceannart fa bith togail, cha 'n e 'inhain gu bheil an t aite aige ra roghnacha', ach mar an ceudn' na nithe tha iomchuidh chum na h oibre. Tha cumhachd aig na nithe tha neo-thaitneach ra'n cur am feim a dhiulta' 's mar an ceudna a ghlacail sin tha iomlan freagarach, uime sin nuair a tha feodhain do 'n aon run agus togra' aig deanamh suas an eolais ra cheile, aig beatbacha' feirc, is gach deagh ghnathacha' eile. So gun amh'rus an tigh tha aig labhairt gliocas 's an daingneach, is cha'n fhailnich am bunachar gu brath; tha buannachd mhor do bhean fa bith ann a bhi ceangulte ri duine coir diadhaidh: O bhunachar co' fionalta taitneach tha cuid mhor da sonas 's a bheatha so, agus gu siorruidh gun amh'rus aig eirigh. Uime sin cha 'n eil a'chuinge fa bith a bu choir bhi' ni bu durachdaich, no ceum beatha th' aig lorgaireachd breathnacha is toirt fa'near 's mo, no sin th' aig treorucha chum posaidh; do bhri gu bheil cuid mhor da 'n sonas an so, is gu siorruidh an earbsa ri roghain dhaithoil; feadaidh luchd eolais air, uairibh an am bar'ail bhi air na 'm mealladh ach cha 'n ann air an doigh so idir tha sealla Dhia, cha n' eil e fosgailte do mhearachd fa bith, tha e gu h iomlan os cionn foill, na fhia'nis air uile asdar na beatha; chi e le aon sealla deagh bhuaidhean gach neach; nuair tha eisan aig cuir a laimh ris a ghnothach, cha 'n fhead an sonas a bhi idir ann an

cuntart. Iadsan tha aig deanamh an dichill a thoileacha' le giulan faoi'eil riaghailteach, 's an aon t flighe eifhachdach maille ri cairdeas Chrios'd', chum a chaoi'neas a dheanamh cinnteach, gun amh'rus fa bith tha iad so taitneach na shuilean 's tha curam aige mu 'n foirbheacha' agus sonas, ach iadsan a theid air an aghaidh gun feoladh a shireadh air Dia no ghabhail, no lorgaireachd a dheana' air gne, no deagh bheufsan cusboir an speis, feadaidh h aon do sheorse obain, mar so criochnacha' taitneach gu leoir, ach tha cuid chuntart ann 's an oirp, 's cha'n 'eil e daonan aig tachairt gu 'm bidh sonas air a mhealtuin le meadhon co-deifreach, uime sin cha smuaintich bao' idir do neach fa bith amhairc le ceil air son an leithid fein, an t aon is dluithe thig ra 'n gne, is leis an saoiladh iad an sonas a bhi cinnteach, cia fa bith a thig 's an t flighe. Tha fios aig Dia air maith a chlaoine fein, an seorse fionalta so bha gu cumanta aig lorgaireachd a thoil; tha e reusonta dhuiinne a smuainteacha' gu 'n amhairc e orra le tlachd; oir nuair a chi e cridheachan tha aig taisbeineadh samhlachadh anmhuiin air fein, ach laidir air a cheile; th' aig deanamh ionracais, onofir agus seirc bun'char an carthanachd. Tha 'n gradh do cheile aig teachd chum inmhe agus neart, agus sin 'n is mo o mhais deagh ghiulan no air son cusboir fa bith eile, ubraid, no amghar cha'd' thig iad so gu tric am feuchain le faint'

neo-fhreagarach da'n sonas is gach cruadail a tha 'n aghaidh aca ra thoit air, cha 'n eil e ach aig samhlacha' ceo' na maidin ; a tha aig deana' deifir ro' ghnuis na greine chum teiche gu grad o shealla. Leabhaidh bean ghlic daoine co maith ri leabhraicheas is bi' a tuigse air a taisbeineadh gu foilleir i na roghain dhiubh araon : innfidh luchd eolais fionaltachd a blas agus a bhuannachd a leannas a faothair. Na h ainmeanan urramach th' air na 'n cumail beo air chuimhne air son lionmhorachd an subhailcean ; maille ris a chruth snasmhor sin bheir achasan seachad gun chaint thrasda, tha ra fhaicfin cha 'n ann an leabhraichean diomhain ach amhain anns an fheodhain thaghte airichte, far am bheil riaghailtean diadhaidh gu tric ra fhaicfin, is tabhachdach ra mheoracha ; mar an ceudna tha eolas, eachdraidh air Rioghachd ro fheimeil, cha ne 'mhain gu fag rannsacha' mar so cruth maiseach na dheigh, gu meudaich e tuigse agus foileirachd ; na te bhios gu chleachduin, gu 'n cuidich e a cridhe fagail, gne'oil, trocaireach, ach mar an ceudna cruinnichidh i storas air son conaltradh agus caitheamh aimsir a bhios na bhun'char, cuid mhор do thoileachas inntin dhith fein, fa dh' fhagas i ro mheafoil aig a luchd eolais. 'S on gheibh an creideamh fein mais o chaithearm beatha na mna cheillidh choir, uime sin gach neach aig am bheil speis do gach ni snasmhor, meafarra, ni iad gairdeachas

na cuideachd is cha struitheadh leo an uine  
 a chaitheas iad na sealla, cha ne fas an na  
 h aimsir a diadhachd air a ghnathacha  
 'mhain air shon cuis shonnruichte, no air  
 am airichte cha 'n ann chum suiridh air cliu  
 gun tlachd, no chur air aghaidh no chruin-  
 neacha' ocar faoghalta; le run gu mor na's  
 fionalta, tha cusboir urramach a leanmuin  
 air na ghairm gu beatha, chum flainte  
 shiorruidha h anma dheanamh cinnteach;  
 is oibreachadh air gach doigh gus a cho-  
 throm is fearr, cha 'n e 'mhain gu bheil i  
 aig mothacha cumhachd an spioraid is an  
 fhior chreideamh, ach tha cānain a gluas-  
 achd aig labhairt am bri' gu laitheil, agus  
 sin ann a h uile ghniomhara; a Creud cha  
 do thog i o chliu a du'cha le comhairle a  
 luchd eolais; cha do chuir i a lamh ra-  
 creideamh gu baireadh obainn le cabh-  
 aig; no run gun cheasnacha, cha'n ann do  
 bhri' gu robh e na chleachduin aig a parant-  
 aibh, 's a coimhearsnaich, ach le fein-rann-  
 fach a thug i gu ceillidh fa'near, le na ri-  
 aghailtean urramach a leanmuin gu bheil  
 a sonas ann so is gu siorruidh soilleir ra  
 leabhadh: uime sin ghlac i e le cnuasachd  
 dhiomhair air a mhais, agus le lan saor-  
 thoil; cha bhi gniomh fa bith feimeil, ion-  
 gantach, no ainmeil air na thoirt gu buil a  
 dh' aon leum, nis lugha gu mor a bhios na  
 nithe cudthromach sin a mhairesas gu siorruidh  
 air na 'n criochnacha' le run amhain  
 as cugmhuis dichill agus curam. Bhi'

finuainteacha neach fa bith iompacha', o'n chreideamh anns am bheil eisean, no ise, aon uair air an daingneacha' as eugmhuis an lan run fein, cha n'eil ann an fo ach gniomh faoin, leanbuidh, oir cha bhi' co'-cheangal buan no treimhdhireach gu brath aig gabhail freumh taitneach, gu h airigte ann an nithe a bhuineas do chreideamh as eugmhuis fior chorda cridheil gu h ioimlan o roghain; Bhi aig tairgse inntin neach fa bith a shiacha' no aomadh o'n aidmheil a tha 'd fein gu toileach ga leanmuin, le brosdnacha' no comhairle dh' aindeoin, cha 'n eil ann ach rùn mearrachdach is fior mhullach na h amaideachd: nuair nach urra thu iompaidh chur air an tuigse le reuson-achadh soilleir no buannachd do bharailse fhagail freagarach d' an togra' fein: Bhi' aig smuainteacha an smachdacha' le an-chothrom, cha 'n eil ann fo ach truailleachd gun amh'rus, is tha gach oirp do'n t seorsa aig amhairec ann an dathanna gun tlachd, agus di-measoil ann an suilean Dhia, oir cha 'n 'eil e air mhodh fa bith aig corda ra lagh, no ann an rëite ri ni fa bith maith no creideasach; ach an te tha air na daing-neacha' ann 's a chreideamh, leis a bhuanndachd a tha i fein aig faicfin na lorg, tha i fo na mais' ann fa choimhearsnachd ma tim-chioll, na cuis fhamaid do gach neach a chi a gluasachd, na solus latha na teaghlagh, fuidh churam Dhia, is chithear daonan cos-las a bheannachaidh aig dealradh air a gnuis.

Cha'n eil a giulan feadh na seachduin am an riaghlaich a teaghlaich nis neo'-chumanta no ciatfach ; nuair tha i aig dol chum teambull Dhia dia-donuich tha i aig teachd a dh' ionsuidh na h Eaglais, ach cha'n ann a dh' amharc uaithe, no chum 's gu 'm biodh i fein air na faicsin le feodhain eile, no shealtuin air fasán ûr, no lorgaireachd sgeultaibh na du'cha, a dh' fhiosfrucha' tiomchill slainte cairdean, a dh' iarruidh fear-ealain, no thagrath ain-fhiacha' no ghabhail airgiod iasaíd, ach an toir air cusboir is fionalta agus is mo' airidh air tlachd agus toirt fa'near no h aon do na nithe suar-rach so : tha i teachd a lorgaireachd bean-nacha' a Dia, dh' fhoillseachadh a taing-ealachd, a phaidheadh 'ris a h umhlachd, agus sin le fonn suighichte diadhaidh ; riaghailteachd a giulan, is ciuinneas a h inntin : am feadh, 'sa tha i ann an sin co' maith is ann 's gach am agus aite eile tha gu fosgailte aig labhairt inmhé a dealbh is aig foillseachadh a maise.

Tha i aig amharc air an eaglais mar aite coisfrighte chum seirbheis Dhia a thoirt fa'near, 's a chur air aghaidh, uime sin thig i an dlu's do'n ionad utramach so le fonn suighichte ceillidh, is cha'n ann idir leis a chluicheachd baireadh, no amaideach a bhuiineas do thigh-aidheir no sugradh, no le faoineas agus gaireachdaich a cur failt agus furrain air a luchd eolais ; uime sin biodh i air a comharacha' a measg a cho'thionail leis a

cheill agus grinneas a tha i daonan aig taif-beanadh is cha 'n ann le h aon fa bith tha na choigreach do fhior dhiadhachd. Cia fa bith mar bhitheas an t searmoin labhruidh i urra le modhalachd, is taisbeinidh i le faicill agus grinneas gu bheil i ni's mo na bean chriosduidh no bhi ealamh chum a teanga ' leigeil mo reir le neo' thuigse chomharacha failleacha an fhir labhairt. Fuiling-idh barail creideamh na te so ceasnachadh ann diomhair co' maith 's gu follaifach ann an lathair an t saoghail, cha 'n eil an cruth ceart aig co' sheasamh idir ann an sgleo air an taobh amuigh ann a bhi aig catheadh clogaide na foill no cleoca na naomhachd air amanan airighte. Ann an neoil dhorcha dhulaidh air a mhalaidh, ann an tur-adan no suil fhiar, no ann an samhlacha ochan no osna, mar gu bidh na nithe neos-nasinhor so na meadhon eifachdach chum slainte; uime sin tha briogh a creideamh aig co' sheasamh ann 's an riaghail shoilleir shonnruighe so, tlachd do cheartas, trocair a ghradhacha, 's gluasachd gu h umhal ior-fil le na Dia.

Cha bhi' i aig leagail lion air son cliu fhollaisach, 's an uair a mholas tu i air son gniomh 's airidh air toirt fa'near le tosd no ciuineas taisbeinidh i nach eil tlachd aice bhi' 'g eisdeachd nuaidheachd a mheadaich-as fein-speis no bhitheas aig amharc no gluasachd ann an ceum sodail gun fheim. Ann 's gach aite an seall i tha i gabhail

barrachd curam a dh' fholach no dh' fhoill seachadh a subhailcean fein; cha bhi' i uair fa bith aig amhairc na deigh a dh' fheuchain am bheil suil an iongantais aig gabhail beachd air a ceum no aig ceasnachadh a dreach. Cha bhi' sliochd na teanga cheillidh air a comharacha ann an sgeultain breugach mearrachdach; cha ne 'mhain gu bheil na dubhailcean so na 'n coigreich da brollach fein ach 's fuathach le gach coslas a chi i dhiubh ann am feodhain eile: 's gu brath cha 'n fhosgail i'n dorus do luchd asdair co-suarach. Subhailce, treimhdhir-eas 's measarrachd 's iad na clochan 's am fiadh nach feudar a dhiteadh, 's am bun-char bu mhiannach le Criosd' a leagail ann an cridhe na te a roghnaicheas e dha fein, a gheibh coir air a bheannacha fa chomh-naicheas maille ris gu fiorruidh. A chloch do dhiult na chlochairean tha i nois na cloch chinn anns an oisein, ach na cloch thuislidh do phairt, 's na carruig oilbheum do fheodhain eile, agus iadsan uile thogas urra cha bhi' aobhar nàire aca gu brath, bidh iad mar, chlochan beo ann an tigh spiordadait, na 'n cloinn bheannuite air na 'n cuir ma 'n sgaoil le saoirse, nach feedar tuillidh a chuibhreach le cuing na daorse.

Thaisbein sinn cheanna cia mar bha bhean ghlic ra tigh a thogail, agus cuid do na nithe feimeil a bha freagarach air son a ghniomh shonnruichte, chum gach dealbh

truaillidh a charracha 's fionaltachd na h  
 oibre thoirt chum sealladh taitneach ; leann-  
 aidh sinn beagan ni's faide fathasd air a bu-  
 aidhean measail : aig bean a ghrinneas, ata  
 suighichte na ceilidh cha' neil feim teanga  
 filidh no bard a thaisbeanadh a cliu no  
 giulain ; air a son labhruidh a deagh chaithe  
 beatha fein gu laidir fallain anns gach aite  
 ann 's an taisbein i h eudan : cha bhi  
 gnadan na h adhartan fa 'n oiche, no  
 doinean aig riaghlacha gnothaichean a  
 teaghlaich. Cha chomharaich thu uair fa  
 bith beum a teanga aig leon no aig lot gu  
 sgaiteach aon neach a thig fan t flighe, cha  
 'n e cliu na di-moladh an t sluaigh air son am  
 bheil i aig osnaich ach toil a coinnfeis fein  
 beannachadh a Dia an ni tha i runacha  
 fhaotain na seilbh, 's e lan thogra inntin  
 għlan a chumail fuas am fiaghnuis Dhia,  
 's dhaoine, se miann an sgeudacha a muigh  
 fa stigh bhi' do 'n aon seorse, leis a sin cha  
 'n eil eagal rannsacha no ceasnacha uitte  
 uair fa bith ; thig i so gu ciuin ceillidh le na  
 gniomhraibh chum an t soluis a dhearbhadh  
 a h oibre 'sa dh' fhaotain a duais : 's coma le  
 an dorchadas do bhri' nach 'eil a deanadas  
 air a chur an gniomh gu h olc no mi-thlachd  
 mhor : cha ne 'mhain gu bheil a gnothaiche-  
 an aimsireil air an dealbh gu tuigseach,  
 (oir cha bhi' i ri milleadh no cur a mugha  
 ach ann am measarrachd, is riaghail cheart)  
 ach mar an ceudn' le faicill bheir i fa'near  
 na nithe tha tabhachdach chum maith a h

anma chur air aghaidh 's a thogail air bun'-  
 char cinnteach nach faillneich, nuair a  
 dhosglas i suil fa mhaidin bheir i le urram  
 buidheachas do Dhia air son focair na h  
 oidhche, guidhidh i bheannacha gu dur-  
 achdach urra fein 's air gach ni na seilbh,  
 iarruidh i chuideacha chum a dion fad an  
 latha o thuile, o chomhra baoth no amaid-  
 each, o bheathacha droch run 's o chuir an  
 geill ni fa bith a bhios air a leanmhuin le mas-  
 ladh no aithreachas, mairidh snaasmhorachd  
 na te fo air cuimhne shiorruidh, eiridh  
 ghrian uirre gu suilbhire le gaírdeachas,  
 sona a companach, 's aoibhneach a ginneil,  
 bidh iad aig eirigh ann am meas 's creideas,  
 faoruidh Dia i o bhuaireadh, stiuraidh e  
 ceum gu tearuinte seachad air gach ceap  
 tuislidh no claoi'; a bhean chiuin cheillidh  
 tha i daonan fuidh chûram, leis a sin cha 'n  
 fhead i gun bhi' eolach air gach ni tha tait-  
 neach, agus na coigreach air ubraid 's bu-  
 aireadh; uime sin cha ruig neach fa bith a  
 leas bhi' aig lorgaireachd na te fo ann an  
 compairt no comhairle na 'n daci: " Ann  
 an slighe fhiar na 'm peacach baoth cha 'n  
 fhaic thu a ceum, 's cha chluin thu a guth,  
 ni mo 's fi cathair fanoid luchd an spors; a  
 togra no tlachd;" ach slighe għlan na fir-  
 eantachd riaghail a ruin 's miann a cridhe;  
 eiridh sonas a solas do 'n te fo anns gach  
 cuis amhrufach. Tha cuireadh na 'n  
 scriobtuirean fial, se fo an canuin, a thairg  
 Criod air flanuigh-fhear do luchd a chridhe

ghlan ; thoir fh'urail do ghras 's flainte do mhnaibh co mhaith ri fir ; Ise a dh' imich-eas o dhaorse fa thogas teampul do Chriosd' na cridhe, bidh i air na foillseacha le comhara 'n uain 's gheibh i fabhailte gu h aite comhnuidh an Triath. Air clu inntin an nuaidheachd so tha mi 'nois aig fiosfruch cia dh' i bhan-ghaisgeach 'n ar measg nach gluais ann an slighe na babilon sa tha toil-each cul chuir ris gach seorse peacaich : co an te dh' fhag daoirse spioradail 's nach dean ceangal ris na h Amoritich ; aig am bheil a h aghaidh air fearran a gheall-idh : ise bhitheas, 's tha, Dia le 's air a taoibh cha 'n aobhar eagail dhith, " oir as eugmhuis gu tog e fein an tigh, tha 'd aig saothrachadh anna diomhaineas, a tha ri togail, mu 'n dion 's mar coimhid eisean am baile, tha faicill 's neart an luchd faire gun eifhachd ; 's faoin bhi' aig eirich moch 's a luidh an-moch oir riaghlaichaidh eisean gach cuis mar chi e fein iomchuidh ;" cha biodh ach ro bheagan as eugmhais aite comhnuidh taitneach, na 'n deanadh run amhain paidh-eadh air son cosdus na togail : na 'm faichte sonas fiorruidh bhuidhin 's dol gu h ionad tamh air Dia gun saothair cha 'n 'eil ag nach biodh gu leoир do chuideachd ra fhaic-sin an sin. Mar biodh gu bheil eidirdheal-achadh mor eadir subhailc agus dubhailc, 's an crioch 's an aite tamh neo-chosmhuil ra cheile, co bheiradh na h urrad do shar-acha dhith fein ann an cogudh an aghaidh

cruth gach peacaidh 's ioma' leanannan buaireadh: mar biodh gu bheil crún gairdeachais 's sonas fiorruidh air na ghealtuin 's air na dheanamh cinnteach do'n te ghiulain-eas 's a thachras air cruadail na beatha le foighidin 's ciuineas; no co bhiodh aig an t-saothair an aghaidh thoirt air amghar sa bith. Cha'n 'eil ach ro bheagan a roghnaicha' bhi aig gleachd ri buaireadh 's faracha, mar biodh gu bheil sonas neo chrioch-nuichte 's fichainte nach crion 's nach caith le aimsir na uine, air na dheana' cinnteach do shubhailc' 's deagh chaithe beatha; ach tha truaileachd 's amghar aig leanmhuijn cloinn na h easumlachd 's cha bhi' cuid no pairt aca do thigh na firinn no 'n t-solais. Dathanan fionalta air an tarruing air grund dorcha, cha lughdaich e an buaidhean fein air mhodh sa bith; nuair tha cusboir tlachdmhor maiseach air a shamlachadh ri dealbh dimeasoil suarach bithidh a dreach an sin ni soilleir ra fhaicfin.

Bean ghlic toghaidh i tigh, ach bu mhiannach leis an amaid a mhilleadh le na lamhaibh. Thanig finn anois air ar 'n aghaidh chum beagan a labhairt air an amaid; agus o nach 'eil i fein no h aiceachd ra 'n roghnacha cha chaith sinn moran do air 'n uine na cuideachd; cha'n eil anns an te chaill a reuson ach uir'easach bochd tha air na comharacha le smachd Dhia, 's leis finn cha bhuin an t ainm dhith, ach si'n amaid ra tireadh ann am bhar'ailse ise nach ceann-

saich ni fa bith diadhaidh, no taitneach, a dh' fhag comhearfnachd naire, a threig ughdarris shubhaile, a chaill a meas fa creideas ife tha a giulan aig deana' fochaid air gach dealbh geamnuidh, fionalta, riaghailteach. Ann an diomhaineas bhitheas tu aig amharc air son suarceis, toradh ceil n o banalachd o'n te aig am bheil firinn, 's measarrachd 's gach ni cliuteach eile ann an tailceas 's dimeas. Ife tha baoibheil guan-nach, cha ne 'mhain gu mill i cuid fein, ach bu mhiannach le ea-coir dhaoine eile dheana' mar an ceudn'. Bhi aig saoltin gach deagh shubhaile bheir i o luchd eolais, gu 'n cuir e ra mais', no o mhearrachd an giulain gu 'm bidh a porson fein do chliu air na riagh'lacha', se so do gach run, a miann 's truaille, oir tha e ann an aimhreite shoilleir ri fior chreideamh, agus maitheas croidhe. An te nach gabh comhairle no ach'san, nach iarr cuideacha Dhia, no sheol-adh, nach feuch le curam, no tuigse air ni fa bith a their no ni i aig cumail coimhears-naich 's luchd eolais ann an ubraid roimhe cheile; aig dusgadh 's aig sgoileadh buair-idh anns gach aite 'n gluais i, gun frian ra teangaidh no ra giulan, na coigreach do gach ni tha banail, no choisneadh fior speis. Cha 'n 'eil aon neach aig am bheil tuigse chumanta nach seachnad a ceum, 's a cuideachd co-fhad, 'fa b'urradh iad; oir si crioch na 'n aitheanta daonnachd le croidhe glan, ma tha 'n amaid air an doigh

so co dimeasail, suarrach ann an fealladh gach cuideachd shaoidheil choir, cha 'n 'eil ni fa bith a ghabhas leith-sgeul, no ni suas call deagh bheusan. Ge do bhitheadh gnuis aig te co maifeach ri aingeal ma tha giulan ann an cumantas aig labhairt fuath air gach ni urramach riaghailteach, ann an ceangal ri gne dhuilbhír, tionndai'h i ann an uine ghairid na cusboir gu'n tlachd, 's ni mo ni beartas no fuil uafal ainmeil call na 'n subhailcean so a lionadh; no dheana' suas. 'S cruth gun chreideas an amaid anns gach raansacha, cha 'n 'eil briogh na conaltradh no más na giulan, 's leis a sin cha lean sin nis faide air a meorachadh, 's gun amh'rus b'aoibhneach an ni nam faigheadh gach neach co-aifeach dealacha ri cuideachd gach aon do 'n t seorse, 'fa gheibh sinne air ceud a ghabhail dhith 's an am.

'S iad ciuineas, gliocas, 's tuigse, no ann am briathra aithghear' deagh chaithe beatha am porson 's buaine fhuair aon te riamh, cha chaill iad ann an cliu no an dreach a shamhradh no gheimhradh, le easlainte no aois cha tuit iad le gaillein, cha chrion iad le teas, cha mheataich le fuachd, ach mairidh iad gu sgiamhach fnaasmhor, le mais ur gach mios 's bliadhna 's feadh laithean a beatha gu h ioimlan. Beusan fionalta, so an sgeudacha dreachail nach caill a mhais le na chaithe cosmhuil ri do thrúsgan, ach a sgaras o cheile gach neoil dheuchain le gathana' dealrach gun smal. Bean ghlic to-

gaidh i tigh ; cha ne 'mhain (mar thuairt  
 mi cheana) gu 'n coifrig i do Dhia i fein  
 nuair a dh' fhosglas i suil fa mhaidin, ach  
 mar an ceudn' nuair a chriochnaicheas i  
 obair an latha ; ann an uaigneas no ann  
 an diomhaireachd a croidhe fein, meor-  
 achidh i maitheas 's curam a Dia ; bheir i  
 le taingeachalachd buidheachas dha air son a  
 dion 's a coimhid o gach tubaisd fhollasach  
 's ceap tuislich diomhair. Feuchaidh i gu  
 foistineach cia maith chuir i 'n gniomh no  
 'n geill, 'n drinn i ceum mearrachdach, no  
 'n dubhaint i ni fa bith maslach, 'n d' thug  
 i oirp air oilbheum a thoirt do aon neach an  
 smuaintigh, guth, no gniomh ; 'n robh  
 conaltradh fa cuideachd air an tagha, an  
 robh gach uair do 'n latha na 'm fia'nuisean  
 ann an lamh an uachdar fhaotain air guth  
 gach fodail 's buairidh thanig ann an seall-  
 adh, ma se so an teisteis tha coinnseas 'sa  
 gniomhara aig taisbeineadh, le barantas feed-  
 aidh i radh gu robh h aimsir gu ceart air  
 a builleachadh, ma thuiteas dhith uair fa  
 bith a chaochla so a leabhadh a thoirt fa'n-  
 ear, ma gheibh i mach failleachadh no  
 choslas, guidhidh i gu durachdach chum  
 seasamh le neart nis iomlaine ann an agh-  
 aidh gach samlacha do 'n t seorse cheudn'  
 thig tuillidh na lathair, Diultaidh i le di-  
 meas gach taиргse bhios aig bagairt a neo-  
 chionta aomadh no lughdacha, 's cumaidh  
 bean a chridhe mhaith suas gu misneachail  
 an treimhdhireas fin nach biodh air a dhit-

eadh no air á thionndadh le foill no mearrachd. Biadh cainnt 's guidhe na mna chiuin cheillidh cosmhuil ri briathra 'n duine ainmeil a thuirt " o Dhia ceudaich dhamh cliu onorach ceart, no na h aidmhich dhamh idir fuaim utraim." 'S mor a chuis mhisneich coinnseas glan a thoirt an aghaidh air siorruidheachd leis oir isé aig am bheil an t suil amhaire sin air an taobh stigh, a rannfaichas fa chi nis mionaidich no breathnachudh dhaoine, aig innseadh gu 'n e lagh a Dia cusboir iomlan a speis ; gu cinnteach cha 'n fhead a dochus a bhi' mealta, ni modha bhios a creideamh gun luigheachd ; dh' fhag i gu fada rioghachd an dorchadais fa 'n eagail, oir cia chuireas gealtachd uirre tha fuidh simeide gnuis a cruitheoir fuidh shealladh a shuil, nach robh idir toileach a diadhachd a chrochadh air riocht truaillidh : ni mo' tha blath a creideamh aig co sheamh ann an geasforgan gun fheim no sgail breige air an taobh amuigh ach anns a chuid loinneal fhionalta air an taobh a stigh, an nan gloinnid neo chionta, 's maiseileachd na beatha.

'N uair theid bean na ceil ann an cuideachd cuiridh i gu daingean faicilleach glais air a billidh, roghnachaidh i briathra 's cha 'n fhosgail i beul gù h obain no gun toirt fa'near, ni mo' a labhras i 'm focal a bu mhiannach le 'riste a ghairm air ais ; nuair a bhitheas i cluinntin a luchd eolais aig labhairt air failleachadh feodhain eile, cha

dichuimhneich i idir an am fiosruich dhith fein am bheil a bheag do 'n t seorse cheudn' aig leanmhuin riumfa ; ma bheir a meogh-air ga cuimhne an samhlacha 's lugha se ach'asan a coinseais dhith san ami : biodh ad thosd, na taирg intreadh ann an co chom-un le luchd a bheum chuil, 's mur an urra thu focal trocaireach chur as leith an neach tha aig fullaing binn dhitidh, na h aontaich idir le guth a mhaistaidh, gu ma fearr leat gu mor oirp a thoirt air aigne na cuideachd a thionnda air falbh chum cusboir sonn-ruigte airidh air toirt fa'near, no eachdraidh neo chionteach eile. Leis a so cha ne 'mhain feadaidh e bith gu bheil thu aig dion neach tha faor o'n ni air am bheil iad aig labhairt gu neo-chothromach ach mothachaidh thu gun amh'rus buannachd as eugmhais call aig leanmhuin gach cleachduin do 'n t seorse cheudn'.

Mar so a thogas a bhean ghlic a creideas co maith ra tigh : tha 'n t ainm bean aluinn gu mearachdach, 's gu neo reusonta air na thoirt seachad oir na buaidhean tha aig deanamh suas na fior dhreach, tha 'd gu foilleir aig co sheasamh ann an tuigse 's eolas gne mhin, mhoghar, giulan ciuin, riaghailteach, fonnmhor, geamnuidh, faicilleach toirt fanearach. Ise aig am bheil a mhais so na seilbh, tha i meafail aig Dia 's daoine, 's mairidh h ainm ann an cuimhne a luchd eolais 'n diaigh dhith fein an saogal so fhagail. A bhean a stiuras a ceum gu taitneach,

a reir lagh na faoirse, a threigeas le mis-neach do chrathadh coslas gach buairidh, a cheasnachas, gu banail foistineach guth 's briogh gach cusboir, 's gach cruth nach 'eil aig caitheamh ach 's gail na 'm breug, cha ghabh i na 'n cuideach 's cha 'n eisd i 'n comhairle, ach diultaidh i riu gu tur 's le dimeas bheir i aithne dhoibh teichadh as a fealladh. Bi'dh daingneach na te so bunail-teach, se teammun carruic na seirc 's na sicheainte, biodh a grian gu dealrach aig foill-seachadh, 's cha 'n urra na droch dhaoine smal a chuir air a mais, no gniomhara a dhite; a tigh cha tuit, 's cha 'n aom " se Dia a fear coimhid, 's a sgail air a laimh dheis gu buan," bidh i air a dion a dh' oidhch agus a latha, 's air a treoracha gu fabhailte o aon cheum grais gu ceum eile gus am bidh i fa' dheireadh air a socracha ann an sonas nach criochnuich, am bheil feim air tuillidh briathra, nach eil nis leor ann 's na thuirt mi cheanna, a dhusgadh togra nach fheadar a dhite? ann am broll-ach gach bean am eisdeachd chum cairdeas Dhia a chosnad, meas 's cliu gach duine coir? faic fear aig fullang cuid mhor da bheatha triobloid 's deuchain, 's 'e aig faotuin ma dheireadh ann a sheilbh bean chiuin, mhoghar, bhannail, cheillidh; Bhiodh fhu-langtais fa chaill air an tionndadh gu buannachd 's gairdeachas, a dh'aon uair air an di-chuimhneachadh ann an sonas; Ge'd nach eil co throm ~~aig ainn~~ anns an am air

*agam*

dleasanais an fhir-fhoillseacha, gidheadh labhraidh sinn focal na dha ris anns an dol seachad. Tha e ro iomchuidh dha tachairt air a mhnaoi-le seirc is foighidin, gun bhi ullamh chum lasadh ann am feirg no diogh-  
altas, ughdarras a bhi daonnan air a choimseag  
le trocair is gne'alachd, a failinneacha, chur  
gu ceillidh, is gu folachaidh, le tuigse na  
fealla fein, a cronachadh le ciuineas leo fein,  
gun a mearrachd fhoillseacha mar oran do  
gach neach mu'n-cuairt. Tha briathra an  
Abstoir iomchuidh ra 'n-toirt fa'near, mar  
chi sibh ann an leabhar na'n, Eph. Caib. **V.**

~~23.~~ “A mnai' umhlachaibh sibh fein  
do'r fir mar do'n-Tighearna, oir se am fear  
ceann na mina mar se Criosd ceann na h  
Eaglais,” ’s mar bha'n gradh a thaisbein eis-  
ean fionalta tha e iomchuidh do'n fhear  
famhlacha do'n t seorse cheudna chur an  
geill dhithse, oir ’s coir dhoibh am mnai'  
a ghradhacha mar an cuirp fein, uime sin  
eisean a bheir speis da bhean tha tlachd aige  
dhe' fein. Tha coducha eile air so ann  
an leabhar na'n. Collos. Caib. iii. 10.  
“Fheara' graidhaichibh air mnai' is na bith-  
ibh fearbh na'n aghaidh, no ealamh chum  
am brosnacha gu feirg:” cha'n fheud am  
posadh gun amh'rus gun bhidh na bheann-  
achadh an uair a bhios seirc is reidheolachd  
air gach taobh, uime sin se'n giulan beus-  
ach banail am fior bheartas, agus an storas  
is buaine is urra aon te fhaotain na seilbh.

Moralachd, no amaideachd cha'n fhaigh

iad uair sa bith ughdarras o ghiulan, na mna glic tha fios aice gur gairid a mhaireas ardan, is gur suarrach an osag thinnis no thriobloid bheir claoideh da gnuis gun tairbh, a thilgeas i fios gun luth gun neart is a sgaoileas a bun'char gu h aithiseach o cheile. Gruaim no drochmhuna cha ne a sgeudacha, cha tuig i guth a mhi-thlachd is cha ghluais i gu brath le cuideachd co dimeafail; cha 'n eisd i ri tñuth no farmad, is cha bhiodh iad idir aice na 'n luchd ruin no taithe; se fear na te so dh' fheadas a radh gun amh'rus, "gun do thuit a lion ann an aite aoibhneach is gun d' fhuair e oighreachd bhréagh nach gann," ge'd tha cuideachd ro thaitneach chum buanacha leidhe air ar 'n aghaidh gidheadh tha an t am againn anois an tiomlan a chriochnacha. O'n mhineacha chuaidh a dheana' cheanna air ar teagaistg; thug mi oirp air mais na mna' ghlic a thaisbeineadh ann a sgeudacha fionalta fein, is na'm b urra mo thugse tuillidh ceartais dheana' ria, cha b obair chailte leam an gniomh, ach anois cuiridh sinn crioch air an iomlan le briathra aithgheara freagarach do na chuaidh cheanna a radh. Sèud riomhach na mor luach, bidh meas aig na's leor air aite sa bith far am faic iad a bheag da leithid; mar an ceudna na'm biodh gach uile bhean iomlan oirdheirc cha bhiodh idir na h urrad do dh' iongantas oirnn an uair a chithamid a h aon do 'n t seorse, ach cha 'n ann aig ceann a

h uile mile gheibhear coslas na te so,  
 anns gach baile. Ach cia fa bith air a.  
 tachair i is sona chrannchar agus is buan a  
 bheannachadh: cha ne 'mhain gu bheil i  
 faoidheil ciuin, gun tlachd do mhiosguinn no  
 culchāineadh i fein, ach ge'd a chluineas i  
 uair fa bith fann sgeul timchioll a fir, no  
 cloinne, ma se 's gu bheil e gun bhun'char  
 ceart, is gun duisg e bheag do bhuaireadh  
 na teaghlaich, is ann a bheir i ach'asan do 'n  
 luchd innfidh, is cha 'n fhoillseach idir an ni  
 a chual i, is ni mō bhios tlachd aice uair fa  
 bith bhi ga mheoracha.

Tha i fo na beannacha anns gach aite far  
 am bheil i ra faotainn; cha bhi curam a Dia,  
 no cairdeas an duine choir dhith idir na'n  
 coigrich. A bhean ghlic ni i gnothaichean  
 ann an ām, cha chuir i dāil gus am māireach  
 anns an ni bu choir dhith dheana' an diu'.  
 Leis a sin cha 'n fhead a duais no meas bhi'  
 ann an cunthart; bidh ainglibh aig cam-  
 pucha timchioll air a h aite tamh chum a.  
 treoracha gu fabhailt ann an ceum a sonais.  
 Ise " nach do thog a h anam ri diomhain-  
 eas, nach amhairce, is nach gluaifeadh ann  
 an slighe fhiar na'n ciontach, gheibh i fo  
 gu h ionad tamh a Dia, agus socraichidh i  
 ann a aite naomha." Si Cānain na  
 foighidin fosgladh a beil, is a caithe beatha  
 sgathan na tuigse, cha 'n ann le buaireadh  
 \*no criomchaig dh' fhosglas i ful fa mhaidin  
 a ghluaises i na teaghlaich, no chriochnaich-


# MEARACHDAN.


Taobh- duileig.	Sreath.	Mearachd.	Leabh.
	4	amid	Amaid
	4	dleasdanas	dleasanas
	6	uairbh	uairibh
	9	an	na
	10	cad	Ge d'
	13	folachaидh	folaichte
6	7	cean-gal	ceangal
	12	ra rireadh	do rireadh
	13	duiche	du'aich
	18	thairt	tho'airt
	2	dh' ainmisich	dh'ainmich
	6	gceudna	ceudna
	7	tim-choill	timchioll
	25	tumuill	tamaill
	28	rioch	riochd
	32	canmhuin	cānain
8	5	moil	moille
	17	daithoil	daicheill
	25	charruich	charaich
	27	chauidh	chuaidh
9	10	on a	o'n
	15	fod-seilbh	no chloch stē'
10	10	ghiomh	ghniomh
	24	gruam ach	gruamach
	25	on cuirineachadh	o'n cuirneachadh
	28	g'uairt	cuairt
11	11	fuilghnidh	fuilingidh
	33	's iadh	is iad
12	4	teampuill	Teampull
	12	's cliu	's a cliu
	25	thanig a riamh	a thainig riamh
	30	anm	a
13	28	bheile na neoile	bhuil na neoil
14	8	carrachadh	caruicheadh
	21	ana	ann an
17	30	toilein	t oilein

*Mearachdan.*

Taobh- duileig.	Sreach.	Mearachd.	Leabhd.
17	31	a	air a
18	8	ceanguil	ceangal
19	15	cuidheachadh	cuideachadh
20	7	thilgin	thilgeil
21	8	deuchain	d' fheuchainn
	19	an tsachgilse	an t saoghail so
	24	caill	call
22	9	luaimneach	luaineach
	28	ciurin	cuirneachadh
25	18	mid-hreach	mi-dhreach
	23	thar	thair
	29	beoduidh	bithidh a
	30	ach	gach
26	31	bliandhnuidh	bliannai'
27	17	mhichreideas ach.	mhi-chreideasach
35	30	cuimhe	cuimhne
40	5	chreagach	chruaidh
44	16	smuaintich	smuaintidh
45	24	fagail	fhagail
48	1	am	ann
	25	coisfrigte	coisfrigte
50	1	dh' fhoilb seachadh.	dh' fhoillseachadh
53	8	dh' i	i a
	20	eirich	eiridh
56	8	tionndai'h	tionndaidh
	17	co-aiseach	co'aithiseach
59	29	fanearach	fa'near







181  
182  
183  
184

